

**Seirbheisean do chloinn is dhaoine òga ann an sgìre Com-pàirteachadh
Dealbhadh Coimhearsnachd Innse Gall**

Aithisg mu cho-sgrùdadh

Dùbhlachd 2015

Clàr-innse

1.	Ro-ràdh	3
2.	Mar a rinn sinn an sgrùdadh	5
3.	An Com-pàirteachadh Dealbhaidh Coimhearsnachd agus an co-theacsa airson seirbheisean a libhrigeadh do chloinn, dhaoine òga is teaghlaichean	6
4.	Dè cho math 's a tha adhartas a' tighinn ann am beatha chloinn, dhaoine òga is teaghlaichean?	8
	Prìomh bhuilean coileanaidh	8
	Buaidh air clann agus daoine òga	12
	Buaidh air teaghlaichean	17
5.	Dè cho math sa tha com-pàirtichean ag obair còmhla gus adhartas a thoirt air beatha chloinn, dhaoine òga is teaghlaichean?	21
	A' toirt seachad cuideachadh is taic aig ìre thràth	21
	A' measadh agus a' freagairt chunnartan agus fheumalachdan	23
	A' dealbhadh airson cloinn is daoine òga fa-leth	26
	A' dealbhadh agus ag adhartachadh sheirbheisean	29
	Com-pàirteachadh cloinne, daoine òga, teaghlaichean agus luchd-dèiligidh eile	33
6.	Dè cho math 's a tha ceannardas is stiùireadh sheirbheisean do chloinn is dhaoine òga?	36
7.	Co-dhùnadh, raointean de neartan sònraichte agus raointean airson adhartais	40
8.	Dè thachras a-nis?	42
	Pàipear-taice 1 Eisimpleirean de dheagh chleachdaidhean	43
	Pàipear-taice 2 Slatan-tomhais deagh-ghnè	45
	Pàipear-taice 3 Na briathran a tha sinn a' cleachdadh san aithisg seo	46
	Pàipear-taice 4 Frèam-obrach slatan-tomhais deagh-ghnè	48

1. Ro-ràdh

Mar a dh'iarr Ministearan na h-Alba, tha Coimisean a' Chùrainm a' stiùireadh co-sgrùdaidhean sheirbheisean do chloinn is dhaoine òga air feadh na h-Alba. Nuair a tha sinn ag ainmeachadh clann is daoine òga san aithisg seo tha sinn a' ciallachadh daoine a tha fo aois 18 bliadhna no suas gu 21 bliadhna agus nas fhaide ma thathas air a bhith a' coimhead às an deidh.

Bidh na sgrùdaidhean sin a' tòirt sùil air an eadar-dhealachadh a tha seirbheisean a' dèanamh ann am beatha chloinn, dhaoine òga is teaghlaichean. Bidh iad a' toirt a-steach an làn raon de dh'obair le clann, daoine òga is teaghlaichean taobh a-staigh ràon com-pàirteachaidh dealbhaidh coimhearsnachd. Nuair a bheir sinn iomradh air 'com-pàirtichean' san aithisg seo tha sinn a' ciallachadh stiùirichean sheirbheisean a tha a' cur ri dealbhadh coimhearsnachd, a' toirt a-steach riochdairean bho Chomhairle nan Eilean Siar, NHS nan Eilean Siar, Poileas Alba agus Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba.

Nuair a bheir sinn iomradh air 'luchd-obrach' san aithisg seo tha sinn a' ciallachadh cothlamadh sam bith de dhaoine a tha air am fastadh gus a bhith ag obair le clann, daoine òga is teaghlaichean a' toirt a-steach luchd-tadhal slàinte, banaltraman sgoile, dotairean, luchd-teagaisg, luchd-obrach sòisealta, oifigearan poileis, agus an roinn saor-thoileach. Nuair a bheir sinn seachad beachd a bheir iomradh air buidhnean sònraichte de luchd-obrach, ainmichidh sinn iad gu sònraichte, mar eisimpleir luchd-tadhail slàinte no luchd-obrach sòisealta.

Anns na sgiobaidhean sgrùdaidh againn tha luchd-sgrùdaidh bho Choimisean a' Chùrainm, Foghlam Alba, Adhartas Cùram-slàinte na h-Alba agus Luchd-sgrùdaidh nam Poileas airson na Banrigh ann an Alba. Am measg nan sgiobaidhean tha luchd-sgrùdaidh òga saor-thoileach, 's iad sin daoine òga le eòlas dìreach air seirbheisean cùrainm is dìon chloinne a gheibh trèanadh agus taic gus a bhith a' cur an cuid fiosrachaidh is eòlais ris na tha sinn a' dèanamh gus ar cuideachadh ann a bhith a' measadh càileachd is buaidh na h-obrach anns a bheil com-pàirtichean an sàs. Tha Co-luchd-measaidh cuideachd nam pàirt de na sgiobaidhean sgrùdaidh. Is iad sin luchd-obrach agus manaidsearan bho sheirbheisean ann an sgìre com-pàirteachadh dealbhaidh coimhearsnachd eile. An cois an sgioba sgrùdaidh bha trìuir luchd-obrach bho na h-Eileanan an Iar a ghabh pàirt anns an lèirmheas cleachdaidh a rinn sinn tro bhith a' leughadh chlàran cloinne.

Ann an 2014, dh'fhoillsich Coimisean a' Chùrainm *Dè cho math 's a tha sinn ag adhartachadh bheathan chloinne, dhaoine òga is teaghlaichean? lùil airson seirbheisean do chloinn is dhaoine òga a mheasadh a' cleachdadh cuimsean càileachd*. Tha sgiobaidhean sgrùdaidh a' cleachdadh an fhrèam-obrach seo gus measadh neo-eisimeileach a dhèanamh air càileachd is èifeachdas sheirbheisean. Ged a bhios luchd-sgrùdaidh a' toirt aire don h-uile comharra san fhrèam-obrach seo, bidh sinn a' measadh naoi de na cuimsean càileachd anns gach sgrùdadh, a' cleachdadh an sgèile sia-puing mar a tha sin suidhichte ann am Pàipear-taice 2. Chaidh na naoi cuimsean sin a thaghadh airson measaidh leis gu bheil iad a' toirt a-steach eòlasan chloinne, dhaoine òga is teaghlaichean agus an eadar-dhealachadh a tha seirbheisean a' dèanamh nam beatha; na toraidhean a tha compàirtichean le chèile a' dèanamh ann a bhith ag adhartachadh thoraidhean dha clann air feadh na sgìre; agus prìomh phròiseasan a tha sinn a' meas a tha air leth cudromach ann a

bhith a' coileanadh thoraidhean adhartach do chloinn is dhaoine òga. Is iad sin stiùireadh atharrachaidh is adhartais; dealbhadh is adhartachadh sheirbheisean agus a' toirt a-steach clann is teaghlaichean ann a bhith a' dèanamh sin; agus measadh is dealbhadh dha clann a tha gu sònraichte so-leònte, a' toirt a-steach clann is daoine òga a tha fo chùraim no aig a bheil feum air dìon.

2. Mar a rinn sinn an sgrùdadh

Chaidh an co-sgrùdadh air seirbheisean do chloinn is dhaoine òga ann an sgìre Com-pàirteachadh Dealbhaidh Coimhearsnachd Innse Gall air adhart eadar a' Ghiblean agus an t-Ògmhios 2015. Thug e a-steach raon de chom-pàrtichean san sgìre a tha an sàs ann a bhith a' toirt seachad sheirbheisean do chloinn, dhaoine òga agus theaghlaichean.

Rinn sinn ath-sgrùdadh air raon farsaing de phàipearan agus rinn sinn anailis air co-dhùnidhean sgrùdaidh sheirbheisean cùraim do chloinn is dhaoine òga. Bhruidhinn sinn ri luchd-obrach air an robh uallach stiùiridh is riaghlaidh. Rinn sinn sgrùdadh air daoine ainmichte agus proifeasantaich adhartach. Bhruidhinn sinn ri grunn mòr de luchd-obrach a tha ag obair gu dìreach le clann, daoine òga agus teaghlaichean agus bha sinn an làthair airson sùil a chumail air cuid de choinneamhan. Rinn sinn lèirmheas air cleachdadh tro bhith a' leughadh chlàran de shampall riochdachaidh den chloinn is dhaoine òga as so-leònte, a' toirt a-steach diofar aoisean, ghnèithean, chinnidhean, chiorram, chòdan-puist agus inbhean laghail. Gu lèir leugh sinn na clàran aig 42 leanabh agus duine òg. Choinnich sinn ri 117 leanabh is duine òg agus ri 19 pàrant agus neach-cùraim gus clunntinn bhuapa mun eòlas aca air seirbheisean. Tha sinn glè thaingeil dhan h-uile duine a bhruidhinn rinn mar phàirt den sgrùdadh seo.

Tha Coimisean a' Chùraim a' riaghladh agus gu cunbhalach a' sgrùdadh sheirbheisean cùraim clàraichte a tha air an toirt seachad no air an coimiseanadh le Comhairle nan Eilean Siar. Airson adhbharan an sgrùdaidh seo, thug sinn a-steach co-dhùnidhean sgrùdaidh airson clann is daoine òga a rinnear thairis air an dà bhliadhna mu dheireadh. Thug sinn iomradh cuideachd air aithisg de cho-sgrùdadh air seirbheisean gus clann a dhìon ann an sgìre Chomhairle nan Eilean Siar a rinn Luchd-sgrùdaidh Foghlam na Banrigh ann an 2010, gus beachdachadh air dè an adhartas a rinnear anns na raointean adhartais a chaidh aithneachadh san aithisg sin. Gheibhear an aithisg seo ag www.educationscotland.gov.uk

Leis gu bheil na co-dhùnidhean anns a' cho-sgrùdadh seo stèidhichte air sampall de chloinn agus dhaoine òga, chan urrainn dhuinn a bhith cinnteach mun chàileachd de sheirbheis a fhuair a h-uile leanabh san sgìre.

3. An Com-pàirteachadh Dealbhaidh Coimhearsnachd agus an co-theacsa airson seirbheisean a libhrigeadh do chloinn, dhaoine òga is theaghlaidhean

Tha Innse Gall (cuideachd aithnichte mar Eilean Siar no na h-Eileanan an Iar) rin lorg a-mach bho thaobh iar-thuath tìr-mòr na h-Alba agus tha sluaigh de 27,250 neach ann. Ann an Eilean Siar tha an treas àireamh-sluaigh as ìsle de na 32 ùghdarrasan ionadail agus a' còmhach 3,059 cileamatair ceàrnagach. Is e an àite anns a bheil an t-ùghdarras leis an ìre sluaigh as lugha ann an Alba le naoi neach anns gach cileamatair ceàrnagach. Tha an àireamh-sluaigh air àrdachadh aig ìre 5% bho 2003, an aon ìre 's a tha fìor airson Alba air fad thairis air an ùine sin. Ann an Eilean Siar, tha 57% den t-sluaigh de aois obrach a tha nas lugha nan àireamh airson Alba (62%). Thathas an dùil gu lughaich an àireamh-sluaigh san àm ri teachd. Bho na h-amasan mu àireamh-sluaigh a rinnear ann an 2012, tha dùil gu lughaich àireamh-sluaigh nan Eilean Siar aig ìre 4% ro 2022 agus aig ìre 8% ro 2032 ach a thaobh àireamh-sluaigh na h-Alba san fharsaingeachd tha dùil gun àrdaich sin aig ìre 4% ro 2022 agus 8% ro 2032. Thathas an dùil gu lughaich àireamh-sluaigh fo-16 nan Eilean Siar aig ìre 13% ro 2022 agus 22% ro 2032. Thathas an dùil gun àrdaich na h-àireamhan co-chosmhail airson Alba aig ìre 4% ro 2022 agus àrdachadh de 6% ro 2032. Tha dùbhlannan mòra mu choinneimh nan Eilean Siar mar thoradh air àireamh-sluaigh a tha a' fàs nas sine agus gluasad leantainneach de dhaoine òga a' fàgail nan eilean airson tuilleadh foghlaim no cosnaidh. Ann an 2014 b' e aois cuibheasach luchd-còmhnaidh nan Eilean Siar 47 ann an coimeas ri aois cuibheasach 41 airson Alba.

Ann an Clàr Mòr-easbhuidh na h-Alba (SIMD) ann an 2012 cha do lorgar sgìre sam bith ann an Eilean Siar am measg na 15% de sgìrean as easbhuidhich ann an Alba. Ach is ann dìreach mu sgìrean dùthchail a thional an Àrd Neach-cunntais dàta SIMD 2009 agus tha seo a' sealltainn Innse Gall mar aon de na sgìrean dùthchail as easbhuidhich ann an Alba. Tha teachd-a-steach dachaigheil so-chaitheimh nas ìsle anns a' chòrr de dh'Alba agus ann an sgìrean dùthchail eile sa chinn a-tuath. Ged a tha àireamhan bochdain chloinne agus theaghlaidhean easbhuidheach tuarastail nas ìsle nan ìre cuibheasach nàiseanta, tha fìor dhùbhlannan mu choinneimh an fheadhainn a tha bochd anns na h-eileanan. Ann an Innse Gall tha an àireamh as àirde ann an Alba de theaghlaidhean a tha a' fulang le bochdain connaidh is cruaidh bhochdain. Tha Com-pàirteachadh Dealbhaidh Coimhearsnachd Innse Gall a' gealltainn gun ìslich iad buaidh bochdain.

Tha an Còrdadh Singilte Bhuilean (2013-14) a' toirt a-steach an t-sealladh fad-ùine airson Innse Gall:

“Is e ar sealladh airson Innse Gall gum bi coimhearsnachd beairteach, foghlamaichte agus fallain ann le càileachd math beatha agus làn fhiosrachail mun àrainneachd nàdarra agus an dualchas cultarail againn.”

Tha an com-pàirteachas ag aithneachadh gu bheil tràth bhliadhnaichean beatha leanabh cho deatamach ann a bhith a' toirt cumadh air na cothroman beatha aca san àm ri teachd agus tha iad air a bhith air leth gnìomhach ann a bhith a' cleachdadh Co-obrachadh nan Tràth-ìrean airson a bhith an sàs ann an dùbhlannan ionadail. Tha Com-pàirteachadh Chloinne is Dhaoine Òga Innse Gall (OHCYPPP)

ann sàs ann am pròiseas toirt air adhart a' Phlana Sheirbheisean Amalaichte na Cloinne (ICSP) 2015-18 aca. Tha am plana seo a' suidheachadh sealladh airson cloinn, daoine òga agus teaghlaichean gu bhith "*ag obair ann an co-bhuinn gus a bhith a' faighinn ceartas do chloinn is dhaoine òga gu lèir ann an Innse Gall.*" Tha an OHCYPPP cunntachail don Chom-pàirteachadh Dealbhaidh Coimhearsnachd airson a' phlana a libhrigeadh.

4. Dè cho math 's a tha adhartas a' tighinn ann am beatha chloinne, dhaoine òga is theaghlaichean?

Prìomh bhuilean coileanaidh

Tha an roinn seo a' beachdachadh air adhartasan anns na toraidhean a tha Com-pàirtichean Dealbhadh Coimhearsnachd air a choileanadh a thaobh trì teamaichean. Is iad sin a bhith ag adhartachadh ghluasadan tro chasg is thràth-thaic; adhartasan ann an toraidhean do chloinn is dhaoine òga agus adhartasan ann an beatha chloinne is dhaoine òga so-leònte.

Bha coileanadh ann a bhith ag adhartachadh thoraidhean do chloinn agus do dhaoine òga iomchaidh. Bha coileanadh làidir ri fhaicinn ann an cuid de dh' àireamhan nàiseanta ri aithris ach cha robh com-pàirtichean comasach air sealltainn gu cuimseach na h-adhartasan a rinn iad ann an sunnd na cloinne is nan daoine òga. Bha adhartasan ann an gluasadan air banachdach leanaibh, beathachadh-broillich leis fhèin agus gabhail ri bhiotamain a' cuideachadh le bhith a' toirt toiseach-tòiseachaidh nas fheàrr do chloinn. Gu h-iomlan bha adhartas a' tighinn air buileachadh chloinn is dhaoine òga. Bha an dàrna àireamh as motha ann an Eilean Siar airson sgoilearan a' fàgail na sgoile agus a' dol gu cinn-uidhe adhartach ann an Alba ann an 2014 agus bha luchd-fàgail cùraim a' faighinn deagh thaic. Bha cuid de dh'fhianais ann gu robh com-pàirtichean mothachail a thaobh gluasadan àicheil agus gun do rinn iad obair iomchaidh a thaobh adhartasan. Chleachd serbheis an Fhoghlaim raon farsaing de cheumnan a chuidich le bhith ag àrdachadh buileachadh. Chum NHS nan Eilean Siar sùil air adhartas gus piseach a thoirt air slàinte agus a bhith a' dèiligeadh ri neo-ionannachd slàinte tron phlana lìbhrigidh ionadail aca. Ge-tà, is e an Co-obrachail Tràth-ìrean an t-aon àrd-ùrlar a tha ann airson a bhith ag aontachadh cheumnan is thargaidean ioma-bhuidhneil. Is e glè bheag de dhàta cho-eagarrach a bha ann am measg nan com-pàirtichean airson tomhasan de ghluasadan adhartach, builean do chloinn is dhaoine òga no ann am beathan chloinn is dhaoine òga so-leònte a sholarachadh.

Ag adhartachadh ghluasadan tro chasg is thràth-thaic.

Bha Com-pàirteachadh Dealbhaidh Coimhearsnachd Innse Gall a' gealltainn a bhith an sàs aig ìre thràth ann am beatha na cloinne, ag adhartachadh nam builean fad-ùine aca agus a' briseadh chearcallan easbhuidh. Bha com-pàirtichean ag obair gu cruaidh gus dèanamh cinnteach gu robh piseach thar ùine a' tighinn air sunnd na cloinne is dhaoine òga.

Bhathas a' cuideachadh mòran phàisdean gus faighinn an toiseach tòiseachadh a b' fheàrr nam beatha tro bheathachadh broillich gu h-iomlan anns a' chiad sia gu ochd seachdainean dem beatha. Ged a tha na ceudadan iomlan Albannach air a bhith seasmhach o chionn beagan bhliadhnaichean bha àireamhan nan Eilean Siar air àrdachadh gu h-iomlan agus air a bhith seasmhach os cionn na h-ìre cuibheasach an Alba airson na trì bliadhna a dh'fhalbh. Bha buidhnean gnìomhach co-aoise leithid 'Bosom Buddies' a' cur ris an t-soirbheachadh seo. Anns a' Mhàrt 2014 fhuair a h-uile boireannach trom cothrom air cùram ro-bhreith ro thorrachas 12 seachdain, a bha nas àirde nan targaid nàiseanta de 80%. Bha àireamhan gabhail ri banachdach àrd agus, ged a chum iad aig ìre mhath seasmhach a' cumail ris a'

ghluasad nàiseanta, bha iad air a bhith beagan na b'airde nan ìre cuibheasach nàiseanta bho 2009. Bha àireamhan mòra de chlann glè òg a' faighinn mathachasan cudromach tro chuar teachadh fharsaing de bhoineagan bhìotamain 'Healthy Start'. Bhathas a' dèiligeadh ri ìre ìosal de bhith a' gabhail eàrlaisean 'Healthy Start' tro bhith a' conaltradh ri mòr-bhùth a bha mi-fhaiceallach mu bhith ag aithneachadh an fheadhainn a bha a' cleachdadh na h-eàrlaisean aca.

Bha na bu lugha de mhàthraichean ann an Eilean Siar air an clàradh mar luchd-smocaidh aig a' chiad tadhal ro-bhreith aca nan ìre cuibheasach an Alba. Ach, ged a nochd ìrean nàiseanta ìsleachadh mean air mhean le coltas de sheasmhachd o chionn beagan bhliadhnaichean, air an làimh eile ann an Eilean Siar bha an ceudad de mhàthraichean a bha a' smocadh aig a' chiad tadhal ro-bhreith aca a' nochdadh àrdachadh mean air bhean bho 2005/7.

Bha comharran math air nochdadh ann an adhartas air slàinte fiaclach na cloinne. Bhathas a' brosnachadh cùram fhiacail anns na sgoiltean-àraich leis a' mhòr-chuid de sheirbheisean a' gabhail pàirt anns a' phrògram nàiseanta bruiseadh fhiacail agus ag àrdachadh àireamhan de chlann ann am prìomh 1 air nach robh draghan fiacail am bith. Tha clàraidhean fiaclach nan comharran air cho ruigsinneach sa tha cùram fiaclach dha clann ro-sgoile agus mar sin an comas aca faighinn gu cùram fiaclach casgach ann an ionadan dhotairean teaghlaich. Bha Eilean Siar air faicinn barrachd chloinn clàraichte le fiaclair bho 2010. Ged a lean Eilean Siar ann an 2014 a' mealtainn na h-àireamh clàraidh as ìsle ann an Alba, tha an àrdachadh as motha air a bhith aca bho 2010 le 84% a-nis clàraichte ann an coimeas ri dìreach 55% ann an 2010, adhartas misneachail.

A dh'aindeoin sin, bha fìor chothrom ann dha com-pàirtichean a bhith ag aithneachadh ghluasadan adhartach ann an grunn raointean cudromach. Bha glè bheag de dhàta ann airson misneachd luchd-obrach a dhearbhadh gu robh com-pàirtichean gu soirbheachail a' dèiligeadh ri toraidhean bochdain chloinne. San aon dhòigh, ged a dh'aontaich a' mhòr-chuid den luchd-obrach a fhreagair an sgrùdadh againn gum b'urrainn don t-seirbheis aca gluasadan adhartach a nochdadh mar thoradh air na modhan-obrach èifeachdach a bha aca a thaobh casg is tràth-thaic, agus gun robh iad a' dùnadh bheàrnan agus neo-ionannachdan toraidh, bha dìth fianais ann airson taic a thoirt do na beachdan aca. Cha robh e comasach do chom-pàirtichean gluasadan a nochdadh ann am prìomh cheumanan sàbhailteachd coimhearsnachd leithid teintean taighe, tubaistean no dol a-mach mì-shòisealta.

Adhartasan ann am builean do chloinn is dhaoine òga

Dh' aontaich a' mhòr-chuid de luchd-obrach a fhreagair sgrùdadh Coimisean a' Chùraim gu robh an t-seirbheis aca ag obair a rèir seata shoilleir de thargaidean adhartais, ag amas air builean nas fheàrr a choileanadh do chloinn is dhaoine òga.

Bha ìrean reamhrachd ann an cloinn nas àirde nan ìre cuibheasach nàiseanta agus bha iad air a bhith mar sin bho 2006/7. Bha an Còrdadh Singilte Bhuilean agus Co-obrachadh nan Tràth-ìrean air aithneachadh gu robh lughdachadh ann an reamhrachd na mhòr phrìomhachas gnìomh. Bha e na mhisneachd gu robh an àireamh de chloinn de aois 7-13 a chur crìoch air taic cuideam fallain ron Mhàrt 2014 aig ìre 202, fada air thoiseach air an targaid nàiseanta de 75. Bha com-pàirtichean gu gnìomhach ag àrdachadh na h-ìre de ghnìomhachd corporra eagraichte agus an

àireamh de chloinn a bha ag ithe biadh fallain ann an ionadan tràth ionnsachaidh is cùram chloinne mar oidhirp air reamhrachd a lughdachadh. Cha robh dàta fhathast ri fhaighinn a bha a' nochdadh dè cho math sa bha na gnìomhan sin air an cuir nan àite. Tha coltas ann gun toir e beagan ùine mus nochd lughdachadh a ghabhas tomhas ann an reamhrachd mar thoradh air na gnìomhan sin.

Bha èirigh de ghluasad anns a' cheudad de chlann a bha a' ruighinn a h-uile clach-mhìle leasachaidh ris an robh dùil aig an àm a thòisich an leanabh san sgoil. Bha na h-àireamhan os cionn na targaid nàiseanta. Bha seo a' sealltainn gu robh barrachd is barrachd de chloinn nas dualtaich a bhith a' soirbheachadh san sgoil leis gu robh iad tòrr nas deiseil airson ionnsachaidh.

Gu h-iomlan, bha adhartas air a thighinn ann an ìre buileachaidh is coileanadh nan sgoilear ann an Eilean Siar. Choilean cha mhòr a h-uile leanabh a dh'fhàg an sgoil duaisean ann an litearrachd is àireamhachd aig ìre 3 no nas àirde agus choilean timcheall air leth de gach sgoilear a dh'fhàg an sgoil duaisean litearrachd is àireamhachd aig ìre 5 no nas àirde. Bha seirbheisean Foghlaim a' cleachdadh raon farsaing de cheumannan a bha a' cuideachadh le bhith ag àrdachadh coileanadh tro anailis fhaiceallach, tuigse agus gnìomh às a dheidh. Thug seo a-steach a bhith a' toirt sùil mhionaideach air buaidhean easbhuidh is so-leòntachd. Mar thoradh air a' Churraicealam airson Sàr-mhathas, rinn sgoiltean tomhas air a' cheudad de sgoilearan a ràinig na h-ìrean clach-mhìle aca. Chaidh anailis a dhèanamh air an fhiosrachadh seo agus rinn buidhnean ionadail dearbhaidh-càileachd cinnteach gu robh sgoiltean a' dealbhadh còmhla. Gu drùidhteach, chaidh panalan cuimse a chleachdadh airson dearbhadh-càileachd obair nan sgoilearan agus airson seasmhachd àrdachadh thar sgoiltean. Bha raon farsaing de dhàta measaidh àbhaisteach aig Foghlam agus air an stèidh seo bhathas an dùil gum biodh sgoiltean a' dealbhadh phlanaichean gnìomh iomchaidh. Bha gluasadan adhartach math anns an dàta seo.

Chaidh coileanadh nas fharsaing a thoirt a-steach gu mòr agus bha mòran de chloinn agus dhaoine òga gu gnìomhach an sàs ann an obair saor-thoileach tro Dhruisean na Bratach-croise, Chalanais agus Dhiùc Dhùn Èideann. Bha còrr air 300 duine òg air buannachd fhaighinn bho Sgeama Duais Diùc Dhùn Èideann. Bha seo gu riochdmhor mòran nas àirde nan ìre cuibheasach nàiseanta agus bha àrdachadh seasmhach air a bhith san ìre com-pàirteachaidh. Air an làimh eile, bha luchd-obrach air feadh nam buidhnean aig ìre thràth de bhith gu seasmhach a' tional agus a' clàradh fiosrachaidh mun ìre gun do choilean clann is daoine òga nas fharsaing gu bhith na chlàr meadhanach, ruigsinneach. Bha seo a' ciallachadh nach robh fiosrachadh mu chuid de na choilean daoine òga furasta fhaighinn gus am biodh sin aithnichte dha feadhainn eile. Dh'fhàg seo cuideachd nach robh e cho dualtach gun deidheadh an fhiosrachadh luachmhor seo mu dhaoine òga fa-leth a thoirt còmhla gus tomhas toraidh cudromach a sholarachadh.

San Dàmhair 2014, bha 96.9% de sgoilearan a dh'fhàg an sgoil aig ceann-uidhe adhartach, a bha os cionn na h-ìre cuibheasach nàiseanta, agus bha e air a bhith mar sin gu seasmhach bho 2009/10. Bha com-pàirtichean air aire mhath a thoirt do bhith dèanamh cinnteach gu robh daoine òga a' gluasad bhon sgoil gu foghlam adhartach no àrd-ìre, trèanadh no cosnadh. Bha seo air toirt a-steach leasachadh de chom-pàirteachadh làidir le luchd-fastaidh ionadail agus a' cruthachadh chothroman ionnsachaidh gus coinneachadh ri feumalachdan a' mhargaidh obrach ionadail. Bha

dùbhlannan mòra ann fhathast ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu robh an fheadhainn a dh'fhàg an sgoil comasach air cumail suas gu soirbheachail na cinn-uidhe adhartach a fhuair iad.

Nochd na co-dhùnaidhean bho sgrùdaidhean Dòigh-beatha agus Ana-caitheamh Stuthan Òigearan Sgoiltean na h-Alba (SALSUS) gu robh clann aig aois 13 is 15 bliadhna ann an Eilean Siar a' sealltainn lughdachadh ann an cleachdadh deoch làidir is dhrogaichean ann an 2013, ann an coimeas ri sgrùdadh 2010. Bha com-pàirtichean den bheachd gu robh lughdachadh air a thighinn ann an cleachdadh stuthan am measg dhaoine òga ach ghabh iad ris gu robh seo fhathast na fhìor dhuilgheadas dha cuid de dhaoine òga so-leònte. Thug a' bhuidheann treas roinn Gnìomh na Cloinne seirbheis ana-cleachdaidh dhrogaichean tràth-thaic seachad ag obair le clann is daoine òga aig aois 9-18 bliadhna. Bha e ag obair gu dlùth leis na poileis, luchd-obrach foghlaim is na h-obrach shòisealta gus a bhith a' solarachadh taic do chloinn is dhaoine òga a bha fo bhuaidh ana-cleachdadh stuthan aig deireadh na seachdain.

Adhartasan ann an cothroman beatha chloinn is dhaoine òga so-leònte

Cha robh Comataidh Dìon Chloinne Innse Gall (OHCP) fhathast comasach nochdadh gu robh clann is daoine òga air an dìon na b'fheàrr. Thional an OHCP fiosrachadh agus rinn iad aithris air raon de dh'fhiosrachaidh meud is bitheantais a' toirt a-steach fiosan dìon chloinne, clàraidhean agus co-labhairtean cùise agus mar a bha fìor a thaobh mòran de sgìrean eile ann an Alba, cha robh an OHCP fhathast air aithne fhaighinn air tomhasan brìgheil dè cho math sa bha iad a' dìon chloinne is dhaoine òga. Gun teagamh, bha dùbhlann a bharrachd ann leis nach robh na h-àireamhan glè ìosal a' leigeil le gluasadan brìgheil a bhith furasta an aithneachadh. Ge-tà thug cuid de dh'àireamhan fianais chudromach seachad, mar eisimpleir thug com-pàirtichean an aire nach deach ach dìreach aon cho-labhairt cùise ro-bhreith a chumail anns na seachd bliadhna bho 2005 gu 2011 agus sna trì bliadhna roimhe sin bha ochd air a bhith ann. Chomharraich seo gu robhas air adhartas a dhèanamh ann a bhith ag aithneachadh cunnart agus so-leòntachd ro-bhreith agus a' dèanamh tràth-thaic comasach.

Tha fìor ghainead taigheadais ann an Eilean Siar agus aig àm an sgrùdaidh b'e daoine òga a th'ann an aon a-mach à triùir gun dachaigh a tha a' tighinn mun coinneimh. Dhearbh lèirmheas o chionn ghoirid de luchd-fàgail cùraim ged a bha glè bheag dhiubh gun dachaigh, bha an àireamh a dh'fhiosraich dìth-dachaigh aig ìre àrd. Bha seo na adhbhar airson planaichean o chionn ghoirid adhartachadh airson roghainnean dachaigh dha daoine òga, agus gu sònraichte luchd-fàgail cùraim.

Bha feum air adhartas a thaobh builean dha clann a bha fo chùraim. Bha buileachadh airson clann a bha fo chùraim gu mòr nas ìsle nan ìre cuibheasach nàiseanta agus an **inneal coimeas brìgheil**. Bha an àireamh de chloinn a bha fo chùraim a chaidh an casg bho bhith san sgoil gu mòr nas àirde nan àireamh airson Alba. Bha com-pàirtichean mothachail gum biodh nas lugha de bhrìgh anns na h-àireamhan beaga a thaobh coimeasan agus bha iad a' strì gus dòigh nas fheàrr aithneachadh airson sùil a chumail air toraidhean a thaobh clann fo chùraim. B'e eisimpleir de bhith ag àrdachadh mothachaidh air feumalachdan dhaoine òga fo chùraim ann an sgoiltean, gu robh curaidh airson daoine fo chùraim anns gach roinn cuspair ann an Sgoil MhicNeacail, an àrd-sgoil as motha a th'ann an Steòrnabhagh.

Bha com-pàirtichean gu làidir airson gu lughaicheadh iad an àireamh de chloinn is dhaoine òga a bha fo chùraim ann an ionadan sònraichte air tìr-mòr, agus iad den bheachd nach robh iad idir cinnteach gu robh sin na adhartas san fhad-ùine a thaobh builean nas fheàrr dha daoine òga. Bha iad air mòran obrach a dhèanamh gus an amas seo a choileanadh. Bha seo air toirt a-steach ath-leasachadh air seirbheisean anns na h-Eileanan an Iar gus àrdachadh a thoirt air a' chothrom gum biodh e comasach dhaibh coinneachadh ris na diofar fheumalachdan aig clann is daoine òga a bha roimhe seo air an cuir ann an ionadan sònraichte air tìr-mòr. Ach, cha robh e fhathast comasach dha com-pàirtichean gluasadan adhartach a dhearbhadh mar thoradh air an iomairt seo.

Bha mòran de luchd-fàgail cùraim fhathast a' conaltradh ris na seirbheisean sòisealta agus bha cha mhòr leth den fheadhainn a bha airidh air ath-fhrithéaladh ann an cosnadh, foghlam no trèanadh ann an 2013/14. Bha an àireamh de luchd-fàgail cùraim le gnìomhachd eaconamach dearbhte aig ìre 60%. Bha na h-àireamhan sin gu mòr nas àirde nan ìre cuibheasach an Alba agus chuir sin ri cothroman beatha nas fheàrr dha luchd-fàgail cùraim.

Bha cionnt òigrìdh a' lughdachadh mar a bha a' ghluasad nàiseanta. Dh'fhaodar anailis nas mionaidich a dhèanamh air an dàta seo gus fiosrachadh a thoirt do dhealbhadh sheirbheisean san àm ri teachd.

Ged a chum leatromach deugaire aig ìre nas ìsle nan ìre cuibheasach, cha robh e fhathast a' tuiteam gu ìre a' ghluasaid nàiseanta. Bhiodh feum air na h-àireamhan sin a sgrùdadh nas doimhne gus dèanamh cinnteach nach lean an t-slighe gnàthach gu gluasadan ag àrdachadh san àm ri teachd.

Buaidh air clann agus daoine òga

Tha an roinn seo mu dheidhinn na h-ìre gu bheil clann is daoine òga comasach air an toiseach-tòiseachaidh as fheàrr fhaighinn nam beatha agus a' bhuidheann a bhios aig an sin air an cuid sunnd. Tha e mu dheidhinn cho math sa tha clann is daoine òga air an cuideachadh gu bhith sàbhailte, fallain, a' coileanadh, earbsach agus air an toirt a-steach.

Gu h-iomlan, bha a' bhuidheann aig seirbheisean air sunnd chloinne is dhaoine òga a' fàs suas ann an Eilean Siar math. Bhathas a' comharrachadh cànan, cultar is traidisean ciùil na Gàidhlig gu gnìomhach, a' brosnachadh dearbh-aithne roinnte agus mothachadh de bhuinteanas am measg mòran de chloinn is dhaoine òga. Bha a' mhòr-chuid de chloinn is dhaoine òga a' gabhail pàirt anns na co-dhùnaidhean a bha a' toirt buaidh orra, bhathas a' toirt làn spèis do na còraichean aca ged a bha cuid de dhaoine òga a' faireachdainn gu robh iad air an taobh a-muigh an àite a bhith nam pàirt de na coimhearsnachdan aca. Thuirt grunn de dhaoine òga nach robh burraidheachd, a bha na dhuilgheadas a thug buaidh air buidheann beag ach cudromach de dhaoine òga, air a làimhseachadh gu h-èifeachdach an-còmhnaidh. Bha clann is daoine òga nas sàbhailte mar thoradh air oidhirpean luchd-obrach, luchd-cùraim agus buill teaghlaich. Fhuair mòran de chloinn is dhaoine òga buannachd bho bhith a' fuireach ann an dachaighean is ionadan teaghlaich a bha seasmach is taiceil, air an comharrachadh le dàimhean àraichte, misneachd is cleachdaidhean

adhartach. Bha an fheadhainn do nach robh e comasach a bhith a' fuireach san dachaigh a' faighinn taic shoirbheachail gus an cumadh iad conaltradh suas leis na teaghlaichean aca. Ach, cha do dh'fhiosraich cuid de chloinn an àrach a bha deatamach gun an comasachadh gu bhith a' fàs agus a' tighinn air adhart gu math. A dh'aindeoin oidhirpean luchd-obrach, lean beagan chloinn is dhaoine òga orra le bhith an sàs le trioblaidean slàinte corporra is inntinn, gu tric mar thoradh air droch dhearmad anns na trath bhliadhnaichean aca. Ann am mòran de chùisean, bha teaghlaichean, luchd-cùraim is proifeasantaich a' coinneachadh gu math ri feumalachdan na cloinne, ach bha cunnart ann gu robhas a' dol thairis air na feumalachdan slàinte aig cuid de chloinn is dhaoine òga fo chùraim leis nach robhas a' dèanamh measadh ceart air an cuid slàinte.

Dè cho math sa tha clann is daoine òga air an cuideachadh gu bhith air an cumail sàbhailte?

Bha sinn air ar misneachadh gu robh a' mhòr-chuid de chloinn is dhaoine òga a' faireachdainn sàbhailte a' fuireach ann an Eilean Siar. Bha a' mhòr-chuid misneachail a' gluasad mun cuairt an nàbaidheachd agus na coimhearsnachdan aca le ìrean ìosal de thrafaic agus eucoir a' cur ris an faireachdainn seo. Ach a dh'aindeoin sin, bha beagan dhaoine òga a' faireachdainn gun robh iad air an taobh a-muigh agus aonaranach agus bha seo gu sònraichte duilich ann an co-theacsa coimhearsnachd dùthchail a bha faisg agus dlùth. Ged a bha a' mhòr-chuid de dhaoine òga a' faireachdainn glè shàbhailte anns an sgoil bha cuid de dhaoine òga a' fiosrachadh burraidheachd.

Bha oifigearan poileis ag obair gu dlùth le sgoiltean gus mothachadh àrdachadh mu shàbhailteachd agus gus sgilean chloinne is dhaoine òga àrdachadh airson an cumail sàbhailte. Thug seo a-steach raon farsaing de chuspairean bho shàbhailteachd rathaid gu bhith a' cleachdadh an eadar-lìon gu sàbhailte. Bha clann is daoine òga so-leònte nas sàbhailte anns na teaghlaichean aca fhèin mar thoradh air luchd-obrach a bhith ag obair gu math còmhla. Bha cuid de chloinn nas sàbhailte mar thoradh air luchd-obrach a' cuideachadh nam pàrantan aca dèiligeadh ri raon de dhùbhlannan a' toirt a-steach duilgheadasan dhrogaichean is deoch làidir. Bha seo air leantainn a dh'ionnsaigh pàrantachadh nas sàbhailte agus lughdachadh chunnartan don chloinn.

Lorg sinn gun tug e droch bhuaidh air cuid de chloinn gu robh dàil ann a bhith a' sireadh cheumannan laghail èifeachdach - cha deach fiosan a chur chun Neach-aithris luath gu leòr, agus mar thoradh air an sin bha a' chlann sin ann an cunnart cron airson ùine ro fhada. Bha clann is daoine òga nach b'urrainn a bhith a' fuireach san dachaigh aca gu sàbhailte air an dìon le cùram luchd-dàimh, altraim no còmhnaidheil. Bhathas a' riaghladh conaltraidh le pàrantan gu math agus bha seo na eòlas thlachdmhor is shàbhailte dha clann is daoine òga a bha fo chùraim.

Ged a bha eisimpleirean ann de luchd-fàgail cùraim so-leònte air an deagh dhìon bho dhroch chron bha beagan eisimpleirean ann de chothroman a chaidh a chall airson a bhith an sàs no a dhol air ais an sàs le daoine òga, agus lean seo gu draghan nas motha mun t-sàbhailteachd aca.

Dè cho math sa thathas a' cuideachadh chloinn is dhaoine òga gu bhith fallain?

Bha e soilleir gu robh tràth-thaic a' toirt buaidh adhartach air slàinte na cloinne. Thug seirbheisean trath-bhliadhnaichean biadhan is blasadan-bidh fallain, uisge is bainne seachad a rèir an cleachdadh mathachaidh as fheàrr. Bha na h-oidhirpean sin ag adhartachadh slàinte na cloinne a bha an làthair. Bha barrachd is barrachd de naoidheanan a' faighinn beathachadh air a' bhroillich agus bha a' bhuidheann màthaireil is pàisde air fèin-spèis is misneachd theaghlaicean àrdachadh ann an raon farsaing de sgilean beatha is pàrantachaidh.

Chuir daoine òga luach air comhairle slàinte cudromach, gu sònraichte tro '**Pointers**' agus rinn iad iomradh air a' bhuidh adhartach a bha aige orra. Thug seo a-steach slàinte gnèitheasach, drogaichean is deoch làidir agus ithe fallain. Bha slàinte cuid de chloinn ann an cùram luchd-dàimh a' tighinn air adhart mar thoradh air comhairle chuideachail bho phroifeasantaich slàinte. Bha eisimpleirean ann de chloinn fo chùram a rinn adhartas slàinte mar thoradh air measadh farsaing de fheumalachdan slàinte agus plana na chois gus coinneachadh ris na feumalachdan sin. Gu mì-fhortanach cha d'fhuair clann is daoine òga gu lèir measaidhean slàinte farsaing aig an àm agus mar thoradh air an sin cha deach na feumalachdan slàinte aca a ghlacadh tràth gu leòr. Lean droch dhearmad agus dearmad seasmhach tràth nan òige a' toirt buaidh air slàinte corporra is inntinn grunn chloinn is dhaoine òga aig an robh clàran a leugh sinn a dh'aindeoin an cuideachadh a thug na seirbheisean seachad.

Dè cho math sa thathas a' cuideachadh chloinn is dhaoine òga gu bhith a' coileanadh?

Bha clann is daoine òga ann an Eilean Siar a' leasachadh fèin-chùram agus sgilean beatha gu soirbheachail fhad 's a bha iad a' gluasad tron òige. A thaobh beagan chloinn chaidh seo a choileanadh às deidh toiseach-tòiseachaidh thruaigh nam beatha, a' comharrachadh comas agus dealasachd a bhith aig an aon ìre ri an co-aoisean, a bharrachd air taic èifeachdach bho luchd-obrach. Bha beagan chloinn is dhaoine òga air droch dhearmad fhulang airson ùine cho fada nan tràth òige 's gun lean an droch bhuidh sin air an comas ionnsachaidh anns na bliadhnaichean a lean.

Bha cuid de dhaoine òga a' faighinn buannachd bhon dòigh anns an deach taic a thoirt do na pàrantan aca a bhith a' cluich agus a' dol an sàs còmhla riutha. Bha seo air an cuid ionnsachaidh agus leasachaidh a bhrosnachadh. Bha an Goireas Ionnsachaidh Leudaichte air cuideachadh a thoirt do dhaoine òga sgilean litearrachd is àireamhachd a choileanadh a bharrachd air a bhith ag àrdachadh an cuid fèin-spèis is misneachd. Bha gnìomhachd leithid togail eathraichean is iomairtean air daoine òga a chuideachadh gus na sgilean aca a leasachadh a bha sònraichte iomchaidh aig ìre ionadail. Ach, bhiodh cuid de chloinn a bha fo chùram air buannachd fhaighinn nam biodh iad air barrachd cuideachadh fhaighinn airson na toraidhean foghlaim aca adhartachadh. Cha robhas a' toirt cudromas gu leòr an-còmhnaidh do làthaireachd sgoile agus cha robhas a' dèiligeadh gu h-èifeachdach an-còmhnaidh ri droch fhrithalachd.

Chaidh cha mhòr a h-uile neach-fàgail na sgoile gu cinn-uidhe adhartach. Bha raon de sheirbheisean taic air an suidheachadh gus na daoine òga sin nach robh a' gabhail ri foghlam foirmeil a ghluasad air adhart gu cinn-uidhe adhartach. Bha aontan gnìomhachd air 74% de luchd-compàirt a chuideachadh gus faighinn gu ceann-uidhe adhartach ann an 2014.

Dè cho math sa thathas a' cuideachadh chloinn is dhaoine òg gu bhith faighinn eòlas air cùram àraich?

Dh'fhiosraich mòran chloinn cùram altraim agus mothachadh air a bhith nam pàirt de choimhearsnachd nas fharsainge a bharrachd air a bhith anns na teaghlaichean aca fhèin. Thug iad cunntas air faireachdainn làidir, comhfhurtail gu robh nàbaidhean "a' coimhead a-mach air an son". Leis gu robh luchd-obrach an sàs gu socair, seasmach, earbsach agus cùramach bha sin a' cuideachadh mòran chloinn is dhaoine òga a bhith ag ionnsachadh sgilean ùra agus a' fàs ann am misneachd. Mar eisimpleir, thug luchd-cùraim òga a' frithealadh Pointers cunntas gu robh sin a' toirt dhaibh mothachadh nas fheàrr air sunnd agus misneachd.

Bha a' mhòr-chuid de chloinn a bha fo chùraim air falbh bhon dachaigh air an cuideachadh gus conaltradh a chumail suas leis na teaghlaichean breith aca agus daoine sònraichte eile a bha nam beatha. Chuidich seo iad gus togail air an dearbh-aithne aca agus mothachadh air cò às a bha iad. Fhuair a' mhòr-chuid de chloinn is dhaoine òga so-leònte buannachd bho bhith a' fuireach ann an dachaighean no ionadan còmhnaidheil seasmach is taiceil air an comharrachadh le dàimhean àraich, misneachadh adhartach agus cleachdadh. Ach, cha do dh'fhiosraich a h-uile leanabh an ìre de dh'àraich a bha deatamach gus cothrom a thoirt dhaibh fàs agus leasachadh math fhaighinn. Airson beagan chloinn, cha robh rèiteachadh còmhnaidh seasmach gu leòr gus leigeil le leasachadh ann an dàimhean àraich. Mar thoradh air easbhuidhean roimhe seo ann an àrach dh'fhàg sin gu robh neo-sheasmhachd agus fìor dhùbhlannan ann dha cuid de luchd-fàgail cùraim agus iad a' gluasad air adhart gu bhith a' coimhead às an deidh fhèin.

Dè cho math sa thathas a' cuideachadh chloinn is dhaoine òga gu bhith gnìomhach?

Ghabh clann is daoine òga bho air feadh diofar choimhearsnachdan pàirt ann an raon math de ghnìomhachd. Thug sin a-steach tlachd bho phàircean cluiche tarraingeach, a' cluich gheamannan san sgoil a-muigh agus a-staigh, bogsadh, snàmh, iasgach, rothaireachd beinne agus a' gabhal pàirt ann an tursan sgitheadh air tìr-mòr. Bha luchd-obrach is luchd-cùraim fa-leth is coimhearsnachdan gu soirbheachail a' toirt seachad ruigsinneachd nas fheàrr do dhòighean beatha nas gnìomhaich aon chuid tro sgoil-àraich, spòrsan sgioba mach à sgoile no gnìomhachd coimhearsnachd. Chum àrd-ìre de dh'obair coimhearsnachd is phàrant, a' toirt a-steach togail airgid, a' gnìomhachd sin a' dol.

Ged a bha mòran de chloinn is dhaoine òga fo chùraim air an comasachadh gus ùidhean a leasachadh agus pàirt a ghabhail ann an raon farsaing de ghnìomhachd corporra, bha grunn phlanaichean cloinne nach robh mionaideach gu leòr a' sealltainn air dòighean-beatha a bha nas gnìomhaich a bhrosnachadh. Bhathas a' misneachadh luchd-fàgail cùraim gu soirbheachail ann a bhith a' leasachadh dòighean-beatha nas gnìomhaich tro Oidhcheannan Buidhne Slighe cunbhalach far

na dh'fheuch iad air diofar ghnìomhachd corporra. Bha ballrachd an-asgaidh ri fhaighinn ann an ionad-eacarsaich airson luchd-fàgail cùraim agus chaidh sùil a chumail air ìre cleachdaidh agus ath-sgrùdadh a dhèanamh gus a bhith cinnteach gu robh seo na chuideachadh air barrachd gnìomhachd corporra. Fhuair daoine òga ann an Leòdhas agus Na Hearadh le feumalachdan a bharrachd buannachd bho cluba mìosail Disathairne (S'Math Sinn) air a ruith le Gnìomhachd na Cloinne. Ghabh iad pàirt ann an raon de ghnìomhachd cur-seachadan a' toirt a-steach dannsa, bobhladh deich-dealgain agus seòladh.

Dè cho math sa thathas a' toirt spèis do chloinn is do dhaoine òga?

Bha clann so-leònte a' gabhail pàirt ann am prìomh phròiseasan a bha a' toirt a-steach cho-dhùnaidhean a bha a' toirt buaidh orra. Chaidh na beachdan aca a shireadh agus a chlàradh agus gu tric bhathas a' tabhann comhairle neo-eisimeileach dhaibh. Chuir clann is daoine òga a bha fo chùraim luach air an t-seirbheis Who Cares?:

"...tha iad ann an-còmhnaidh, tha iad ag èisteachd, a' cuideachadh le bhith ag atharrachadh rudan agus a' cuideachadh le bhith a' faicinn rudan math agus chan e rudan dona." Thug seo mothachadh cudromach do dhaoine òga a thaobh sàbhailteachd is earbsa.

Ann an cha mhòr a h-uile clàr iomchaidh a leugh sinn bha clann is daoine òga a' faighinn taic airson gun tuigeadh iad agus gun cleachdadh iad na còraichean aca. Ach, cha robh mothachadh de chòraichean cloinne fhathast cho bitheanta agus mar thoradh air an sin cha robh clann gu lèir air an comasachadh gus a bhith a' cleachdadh nan còraichean aca. Bha cuid de chloinn is dhaoine òga a dh'fhairich nach deach spèis gu leòr a thoirt dhaibh nuair a bha dìth fòcas air na feumalachdan fa-leth aca. Gu sònraichte bha cuid de luchd-fàgail òg na sgoile a bha air trioblaidean fhiosrachadh san sgoil a' faireachdainn gu robh luchd-obrach air a bhith "a' bruidhinn sìos" riutha. B'e beachd leantainneach a bha a' nochdadh bho chlann a bha fo chùraim gu robh e gu math duilich dhaibh briseadh air falbh bhon chomharra-maslaidh gu robh iad ann an suidheachadh cùraim. Thug daoine òga cunntas air an seo mar gu robh daoine "...a' faireachdainn gu robh fios aca mu do sgeulachd agus mura robh gun dèanamh iad fhèin suas e". Bha cuid de dhaoine òga den bheachd gu robh seo a' cur ri dìth spèis sa choimhearsnachd do chloinn a bha fo chùraim.

Dè cho math 's a thathas a' cuideachadh chloinn is dhaoine òga gu bhith nan saoranaich earbsach?

Bha mòran chloinn is dhaoine òga a' cur gu mòr ris na coimhearsnachdan aca tro obair saor-thoileach. Bha sgoiltean a' cur taic ris an seo gu h-èifeachdach tro bhith a' brosnachadh Duaisean na Bratach-croise, Chalanais agus Dhiùc Dhùn Èideann. Nochd clann is daoine òga mothachadh a thaobh bochdain cloinne agus suidheachaidhean èiginneach ann an dùthchannan eile. Mar eisimpleir bha aon sgoil air a bhith a' togail airgid gus taic a chumail ri daoine ann an Nepal. Bha cuid de dhaoine òga air cuideachadh fhaighinn airson an giùlan fhèin atharrachadh gu mòr agus fhuair iad seachad air duilgheadasan a bh'aca roimhe sin. Mar thoradh air na h-oidhirpean agus stiùireadh làidir a thug prìomh luchd-obrach seachad fhuair iad tuigse nas fheàrr air an giùlan fhèin agus ghluais iad gu bhith nan saoranaich earbsach. A thaobh beagan chloinn is dhaoine òga, dh'fhaodadh luchd-obrach a

bhith na b' fhurachail mu atharrachadh giùlain no suidheachaidhean teaghlaich. Nam bithear air amannan aithneachadh nuair a bha feum aig leanabh no duine òg air taic a bharrachd dh'fhaodadh sin a bhith air casg a chuir air dol a-mach cunnartach. Mar eisimpleir dh'fhaodar a bhith air daoine òga a bha an sàs ann an giùlan mì-shòisealta agus/no giùlan eucoir a chuideachadh gus uallach a ghabhail airson an cuid giùlan tro dhùbhlannan socair agus taic stiùiridh airson atharrachadh giùlain aig ìre na bu thràithe. Ann am beagan chùisean nam bithear air barrachd aire mhionaidich a thoirt do ìre de dh'uallach a bhathas a' dùileachadh bho leanabh bhiodh seo air dèanamh cinnteach gu robhas an-còmhnaidh mothachail air an aois aca. Cha robhas an-còmhnaidh a' toirt freagairt sgiobalta do chomharran gu robhas a' dùileachadh cus uallach bho leanabh òg san dachaigh.

Dè cho math 's a tha clann is daoine òga air an cuideachadh gus am bi iad a' faireachdainn gu bheil iad air an gabhail a-staigh?

Bhathas gu gnìomhach a' comharrachadh cànan, cultar is traidisean ciùil na Gàidhlig agus bhathas a' brosnachadh dearbh-aithne roinnte agus mothachadh buinteanais am measg mòran chloinn is dhaoine òga. Anns a' phàipear-naidheachd mìosail an-asgaidh *Events*, bha fiosrachadh anns gach iris mun ìre gu robh clann is daoine òga an sàs ann an gnìomhachd foghlaim na Gàidhlig. Bha seirbheisean Foghlaim is Cloinne cuideachd gu cunbhalach a' pàigheadh airson artaigilean, ag amas air a bhith a' brosnachadh bheachdan adhartach sa choimhearsnachd a thaobh chloinn is dhaoine òga so-leònte.

Bha daoine òga a bha a' fuireach aig an taigh agus iadsan a dh'fheumadh fuireach air falbh bho na teaghlaichean aca air am misneachadh gu h-èifeachdach gu bhith a' ceangal a-steach don choimhearsnachd san robh iad a' fuireach. Fhrithéal iad gnìomhachd ionadail agus leasaich iad càirdeas le cuid eile. Ach, bha fhathast cuid de chloinn is dhaoine òga a bha beò le doilgheas a' faireachdainn iomallach taobh a-staigh nan teaghlaichean agus nan coimhearsnachdan aca. Aig amannan bha feum air dùbhlann nas èifeachdaich do na teaghlaichean aca. Cha robh iad an-còmhnaidh air an comasachadh gus càirdeas a leasachadh le an co-aoisean agus a bhith a' frithealadh gnìomhachd coimhearsnachd. Bha cuid de dhaoine òga so-leònte nach robh a' faireachdainn gu robh iad air an gabhail a-staigh leis nach robh e comasach dhaibh coinneachadh ris na bha a' choimhearsnachd agus an eaglais a' dùileachadh bhuapa. Bha cuid eile, ged a bha iad a' faireachdainn gu robh a' choimhearsnachd gan toirt a-staigh, den bheachd nan dèanadh iad rud sam bith ceàrr, "...*gum biodh an comharradh-masladh ceangailte leat*". Bha cuid de dhaoine òga a bha air a thighinn a dh'fhuireach ann an Eilean Siar às deidh dhaibh fàs nan òige no nan deugairean a' faireachdainn nach robh an co-aoisean a' cur fàilte orra mar thoradh air "*Gun fàilte air daoine bhon taobh a-muigh*". Bha cuid de dhaoine òga a' fiosrachadh burraidheachd agus iomallachd. Bha cuid de choimhearsnachdan a' faicinn suidheachadh leasbach, geidh, dà-thaobhach no thar-ghnè mar rud nach robh ceart, agus mar sin bha daoine òga leisg a bhith ag innse sin agus cha b'urrainn dhaibh a bhith comhfhurtail annta fhèin. Cha robh fios aig daoine òga an-còmhnaidh càite am faigheadh iad taic airson seo.

Buaidh air teaghlaichean

Tha an roinn seo mu dheidhinn na h-ìre gu bheil sunnd teaghlaich air a neartachadh agus gu bheil teaghlaichean air an cuideachadh gu bhith làidir agus a' coinneachadh

ris na feumalachdan aca fhèin. Tha e cuideachd a' beachdachadh air misneachd phàrant agus an ìre gu bheil cuideachadh is taic nas tràithe a' toirt buaidh adhartach air beatha teaghlaich.

Bha buaidh air teaghlaichean gu h-iomlan math. Fhuair teaghlaichean buannachd bho raon farsaing de thaic àrd-chàileachd, freagairteach, làimhseachail agus tòcail a chuidich iad gus an cuid tapaidheachd àrdachadh agus a bhith a' làimhseachadh doilgheas nas fheàrr. Bha measgachadh de phrògraman pàrantachadh sùbailte gu soirbheachail ag àrdachadh misneachd phàrant. Ach, cha robh sunnd teaghlaich ga neartachadh nuair nach robh luchd-obrach a' togail dhùbhlain cinnteach gu leòr le teaghlaichean gus fìor atharrachadh seasmhach a thoirt gu buil. Fhuair boireannaich trom so-leònte buannachd bho tràth-thaic agus àrd-ìrean de thaic san ùine ro-bhreith. Bha cùram fosaidh sùbailte is iomchaidh èifeachdach ann a bhith a' toirt faochadh air an robh deagh fheum dha grunn theaghlaichean ach bha beagan theaghlaichean ann aig an robh clann le feumalachdan iom-fhillte nach robh a' faighinn buannachd bho fhosadh cunbhalach. Airson beagan theaghlaichean, cha robhas a' toirt cuideachadh aig ìre a bha tràth gu leòr nan duilgheadasan agus dh'fhàs na trioblaidean aca nas miosa mus deach taic a thabhann dhaibh.

Dh'àrdaich teaghlaichean an tapachd aca tro bhith a' faighinn taic adhartach agus taic bho ghrunn luchd-obrach. Bha seirbheisean gu tric ag obair còmhla gu math agus bha iad làidir ann a bhith an sàs gu h-èifeachdach le teaghlaichean a bha duilich an làimhseachadh. Chuir mòran de phàrantan luach mhòr ann an deòntachd luchd-obrach a dhol "*cho fada 's a b'urrainn dhaibh*" gus an cuideachadh agus dh'aithnich iad gu robh iad ag obair na b'fhaide na na h-uairean obrach stèidhichte aca gus taic a thoirt seachad. Bha luchd-obrach a' ruighinn a-mach gu pàrantan, a' togail àrd-ìre de dh'earbsa a chuidich pàrantan le bhith a' dèanamh feum de sheirbheisean a' dèanamh atharrachadh comasach. Ach, cha tàinig àrdachadh ann an tapachd a h-uile teaghlach is ann am misneachd a h-uile pàrant mar thoradh air an taic a bha iad air faighinn. Ged a bha seirbheisean gu tric làidir agus ag obair còmhla gu math, cha tug sin ach glè bheag de bhuaidh air na teaghlaichean sin. Bha grunn theaghlaichean air a bhith a' cur an aghaidh no leisg ann a bhith a' dol an sàs nuair a chaidh cuideachadh a thabhann. Cha deach dèiligeadh ris an seo an-còmhnaidh tràth gu leòr. Cha robh luchd-obrach an-còmhnaidh air taic èifeachdach a thoirt seachad agus cha robh iad a' toirt dùbhlain làidir gu leòr dha teaghlaichean gus tapachd a thogail agus comasan phàrantan adhartachadh.

Bha boireannaich trom so-leònte agus na teaghlaichean aca air buannachd fhaighinn bho tràth-thaic agus àrd-ìrean de thaic san ùine ro-bhreith mar ullachadh air pàrantachadh. Bha fios air ais bho theaghlaichean adhartach, ag aithris gu robh iad air an cuid eòlais agus na sgilean aca adhartachadh gus coimhead às deidh na pàisdean aca.

Bha eisimpleirean ann de thaic àrd-chàileachd, earbsach, freagairteach is tòcail a' cuideachadh theaghlaichean a bhith a' làimhseachadh doilgheas nas fheàrr. Bha grunn de phrògraman pàrantachaidh rim faighinn le mòran theaghlaichean. Tro shùbailteachd modh-obrach agus raon farsaing de chuspairean bha e comasach dha teaghlaichean so-leònte a bhith an sàs agus buannachd fhaighinn bhuapa, ag àrdachadh an comas gus a bhith nam pàrantan nas èifeachdaich. Rinn pàrantan

aithris gu robh iad a' faireachdainn nas misneachail mar thoradh air a bhith a' frithealadh nan cùrsaichean.

Airson beagan theaghlaichean cha robh an taic air an robh feum aca ga thabhann aig ìre thràth gu leòr nan duilgheadasan. Mar thoradh air an sin bha an cuid dhuilgheadasan air àrdachadh, ann an cuid de chùisean chun ìre 's gu robh feum air gnìomh fo phròiseasan dìon cloinne no briseadh ann an rèiteachadh cùraim. Bha gainead fad-ùine de luchd-tadhail slàinte a' cur ri dìth taic is cuideachadh tràth gu leòr air an robh feum aca dha teaghlaichean.

Fhuair teaghlaichean buannachd bho ghrunn bhuidhnean fèin-thaic. Mar eisimpleir chaidh a' bhuidheann Taic Autism a stèidheachadh le pàrantan, an toiseach gus cuir an aghaidh iomallachd. Bha a' bhuidheann air a bhith ag obair gu math le seirbheisean gus taic is cuideachadh sùbailte seasmhachd fhaighinn airson gun dèiligeadh iad nas fheàrr le dùbhlannan nam beatha làitheil. Bha conaltradh soirbheachail co-cheangailte ri siubhal san adhair agus air an aiseag air prìomhachas siubhail fhaighinn agus cothrom cleachdaidh seòmar sàmhach dhan chloinn aca. Bha na buidhnean cuideachd air ceanglaichean feumail a stèidheachadh leis a' Ghoireas Ionnsachaidh Leudaichte a bha na fhaochadh do phàrantan agus air an cuid misneachd àrdachadh.

Chaidh goireasan fosaidh iomchaidh is èifeachdach a thabhann dha grunn theaghlaichean. Mar eisimpleir, fhuair clann is daoine òga le eas-òrdughan conaltraidh taic aon-gu-aon bho luchd-obrach a thug iad a-mach gu tachartasan is gnìomhachd shòisealta. A bharrachd air deagh fhaochadh feumail a thoirt don teaghlach fhuair a' chlann tlachd agus dh'ionnsaich iad bhon eòlas agus a' ghnìomhachd shòisealta. Tha na clubaichean cloinne ann an Uibhist is Barraigh, a bha an toiseach airson clann a bha fo chùraim, a-nis a' toirt a-steach clann le feumalachdan taic a bharrachd. Bha iad sin soirbheachail ann a bhith a' toirt fosadh dha teaghlaichean gu sònraichte thairis air amannan saor-làithean. Ach bha cuid de theaghlaichean nach robh a' faighinn cothrom air fosadh cunbhalach. Bha clann aig na teaghlaichean sin aig an robh feumalachdan a bha sònraichte iom-fhillte agus, ged a bha feum mhòr aca air fosadh, is e glè bheag de chothroman a bh'ann dhaibh air seirbheis iomchaidh. B' e an t-eòlas a bh'aig na teaghlaichean sin gu robh aca ri ìre èiginneach a ruighinn mus fhaigheadh iad an cuideachadh air an robh feum aca.

Bha goireasan math ann an Uibhist is Barraigh mar thaic do theaghlaichean aig an robh duilgheadasan le ana-cleachdadh stuthan. Bha ceangal feumail eadar a' cho-mpàirteachas ana-cleachdadh stuthan ann an Uibhist is Barraigh, buidheann treas roinn, leis a' cho-òrdanaiche ana-cleachdadh stuthan taobh a-staigh an NHS. Cha robh liostaichean feitheimh idir ann agus gheibhear taic aon-gu-aon, obair buidhne bhon luchd-obrach agus bha iad gu dlùth ag obair ann an com-pàirteachas le buidhnean nuair a bha clann an sàs. Fhuair teaghlaichean fìor bhuannachd bhon taic shònraichte shùbailte ruigsinneach seo.

Fhuair teaghlaichean an dà ghoireas air-loidhne a chaidh a thoirt a-steach 'Dr You' agus 'cool2talk' cuideachail ann a bhith a' faighinn gu fiosrachadh agus comhairle agus aig an aon àm a bhith a' cumail suas dìomhaireachd. Ach gu coitcheann bha duilgheadas aig teaghlaichean faighinn a-mach mun t-seòrsa taic a bha ri fhaighinn. Bha iad gu mòr an urra ri bhith a' cluinntinn bho chuid eile agus aig a' cheann thall bhiodh iad a' strì airson ùine, gun chuideachadh, dìreach air sgàth 's nach robh iad

mothachail air na bha ri fhaighinn. Cha robh seirbheisean ann gu sònraichte dha fir. Bha athraichean aig amannan iomallach agus tha e soilleir gu faigheadh iad buannachd bho bhith an sàs nas doimhne ann an co-dhùnaidhean mu phàrantachadh agus an dleastanas a thaobh planaichean chloinne. Cha robh solar idir ann airson eadar-theachd èifeachdach dhan fheadhainn a bha an sàs ann am mì-ghnàthachaidh dachaigheil.

5. Dè cho math 's a tha compàirtichean ag obair còmhla gus adhartas a thoirt air beatha chloinn, dhaoine òga is theaghlaidhean?

A' toirt seachad cuideachadh is taic aig ìre thràth

Tha an roinn seo a' beachdachadh air cho math 's a tha luchd-obrach ag aithneachadh gu faodadh rudeigin a bhith a' dol an aghaidh sunnd leanaibh no duine òg, a' roinneadh fiosrachaidh buntainneach agus a' dol an sàs aig ìre thràth gus stad a chur air duilgheadasan ag èirigh no a' fàs nas miosa.

Bha an ìre gu robh seirbheisean a bha a' toirt seachad cuideachadh agus taic aig ìre thràth iomchaidh. Bha a' mhòr-chuid de luchd-obrach ag aithneachadh far an robh clann is teaghlaidhean feumach air taic a bharrachd agus bha fòraman feumail ann airson gach buidheann aoise a dh'fhàg gu robh e comasach beachdachadh air feumalachdan is draghan. Tha siostam soilleir agus aontaichte ann airson fiosrachadh a roinneadh a thaobh draghan leis an neach ainmichte agus seirbheisean buntainneach. Aig amannan dh'fhiosraich luchd-obrach dàil ann a bhith a' faighinn an fhiosrachadh a dh'fheumadh iad agus mar as trice 's e dàil goirid a bhiodh an seo agus cha robh droch bhuaidh aige. Ach, b' e fìor laigse, gu robh dìth comas am measg luchd-obrach tadhal-slàinte agus altram sgoile aig nach robh roghainn sam bith eile ach na goireasan aca a chleachdadh airson na teaghlaidhean a bhathas den bheachd a bha na bu sho-leònte. Bha seo a' ciallachadh nach robh e comasach dhaibh measaidhean cunbhalach eile a dhèanamh a dh'fhaodadh a bhith air feumalachdan eile aithneachadh. Tha seo cudromach oir tha prìomh dhleastanas aig luchd-obrach tadhal-slàinte a thaobh bacadh is aithne thràth air duilgheadasan ann an clann sna tràth-bhliadhnaichean aca agus tha iad a' toirt fìor thaic dha teaghlaidhean. Tha iad nan goireas deatamach ann a bhith a' libhrigeadh amas ainmichte gus dèanamh cinnteach gu bheil clann a' faighinn an toiseach-tòiseachaidh as fheàrr nam beatha.

Bhathas a' ceangal sheirbheisean tràth-bhliadhnaichean ri bun-sgoiltean gus barrachd taic a thoirt seachad don luchd-obrach. Bha seo, agus a' cleachdadh comharran sunnd Ceartas do gach pàiste, air misneachd luchd-obrach tràth-bhliadhnaichean àrdachadh ann a bhith ag aithneachadh far an robh feum air taic a bharrachd.

Bha na coinneamhan taic sgoilear a chumar ann an Sgoil MhicNeacail gach seachdain agus gach mìos ann an sgoiltean eile nan fòraman feumail gus aithne fhaighinn air feumalachdan taic aig tràth ìre. Bha Leasachadh Sgilean Alba ag obair gu h-èifeachdach le sgoiltean gus aithne fhaighinn air daoine òga a bha fo chunnart gun a bhith a' coileanadh san sgoil, agus a' dealbhadh eadar-theachd mus fhàsadh an t-suidheachadh èiginneach. Bha modhan-obrach ceangailte ann air an dealbhadh gus leigeil le co-phroifeasantaich slàinte coinneachadh ri pàrantan is clann gus aithne fhaighinn air duilgheadasan sam bith aig ìre thràth, mar eisimpleir bhiodh iad a' frithealadh chròileagain is sgoiltean-àraich agus bhiodh neach-tadhail slàinte a' tadhal air an raon cluiche pàisde. Chaidh measadh ro-sgoile (PRESCAT) a thoirt air ais agus bhathas a' cleachdadh seo gus aithne fhaighinn air feumalachdan taic a bharrachd airson gach leanaibh, chan e dìreach clann le ciorraman dearbhte. Bha

luchd-obrach ag aithris gu robh barrachd tuigse aca air dearmad agus a' bhuidhe a bhiodh aig an seo air toraidhean dha clann às deidh trèanadh agus cuairteachadh ionnsachaidh bho lèirmheas cùise sònraichte. Nochd na poileis àrd ìre de dh'fhurachais ann a bhith ag aithneachadh agus ag aithris air cuspairean a dh'fhaodadh droch bhuidhe a thoirt air clann, a' toirt a-steach mì-ghnàthachaidh dachaigh agus ana-cleachdadh deoch làidir.

Bha dìth comas ann an seirbheis tadhal slàinte/altramas sgoile air a bhith na dhuilgheadas fad-ùine. Bha iarrtasan aig ìre far nach robh e na b'fhaide comasach dha luchd-tadhail slàinte coinneachadh ri iarrtasan airson lèirmheasan leasachaidh 27-mios a dhèanamh. Bha seo a' ciallachadh gum faodadh iad a bhith a' call chothroman aithne fhaighinn air feumalachdan chloinne is theaghlaidhean air nach robh iad fhathast eòlach.

Cha robh ro-innleachd shoilleir air cùlaibh buileachadh Ceartas do gach pàiste. Bha cùisean teann agus mì-chinnteach eadar modh-obrach Ceartas do gach pàiste agus am pròiseas tràth-thaic cinnteach far an robh feum air soilleireachadh. Cha robh luchd-obrach slàinte gu sònraichte a' faireachdainn gu robh na manaidsearan aca taiceil dhaibh nan dreuchd neach ainmichte agus cha robh dòighean fhathast ann airson cinnt sheasmhach a bhith ann an coileanadh.

Bha pròiseas soilleir is aontaichte ann airson a bhith a' roinneadh agus a' measadh dhraghan nam poileis aig ìre ioma-bhuidhe. Ach, bha luchd-obrach an-còmhnaidh ag aithris gu robh dàil ann a bhith a' faighinn fiosrachadh nuair a dheidheadh draghan a thogail, ged a bhathas ag ràdh gur ann airson ùine ghoirid a bha seo nach do dh'adhbhraich fìor dhuilgheadasan mar as trice. Bha na poileis a' cumail sùil air an stòr-dàta mì-ghnàthachaidh dachaigheil is daoine so-leònte gach latha agus a' cur fiosrachadh gu na seirbheisean sòisealta. Bhathas a' roinneadh fiosrachadh gu h-earbsach eadar roinn thubaist is èiginn aig ospadal Steòrnabhaigh agus daoine ainmichte nuair a thigeadh daoine òga a-steach le cùisean dibhe. Gu coitcheann, bha conaltradh èifeachdach eadar an sgioba taic sgoilear, sgioba ionnsachaidh leudaichte agus daoine ainmichte, nam measg daoine ainmichte airson daoine òga nas sine na 16 bliadhna.

Thug luchd-obrach cunntas air cnapan-starra eòlas-inntinn leantainneach a thaobh luchd-obrach foghlaim a' cur fiosrachadh gu na seirbheisean sòisealta no na poileis mu dhraghan a thaobh buaidh nan gnìomhan sin agus iad a' fuireach agus ag obair anns an aon choimhearsnachd bheag. Ach, cha do lorg sinn gu robh seo sònraichte duilich agus bhathas uile den bheachd gur e suidheachadh a bha seo a bha a' fàs nas fheàrr mar a bhathas a' fàs nas misneachail a thaobh freagairtean co-rèireach. Chaidh **SEEMiS**, inneal air a chleachdadh le seirbheisean foghlaim airson fiosrachadh a chlàradh mu chlann a thoirt a-steach dìreach o chionn ghoirid, a-coltach ris a' mhòr-chuid de sgìrean eile ann an Alba, agus bhathas fhathast ri luach an t-siostam a dhearbhadh ann a bhith ag adhartachadh roinneadh-fiosrachaidh agus eadar-theachd dealbhaichte.

Bha fàs air a thighinn ann an solar thràth-bhliadhnaichean airson taic a chumail ri clann agus teaghlaidhean, nam measg clann so-leònte aig aois dà bhliadhna agus nas sine. Bhathas air a bhith a' toirt barrachd aire dha taic do chlann ann a bhith a' gluasad bhon sgoil-àraich suas don bhun-sgoil. Bha an luchd-obrach ag obair ann an compàirt gus seirbheisean taic a thoirt seachad do phàrantan is chloinn òga, nam

measg taic beathachadh-broillich; suathadh leanab; prògraman pàrantachaidh; agus amannan sgeulachd. Bha a' bhuidheann beathachaidh màthaireil agus pàisde èifeachdach ann a bhith a' toirt taic do theaghlaidhean so-leònte aig tràth ìre. Bha seirbheisean rim faighinn airson taic a chumail ri clann is daoine òga a' toirt a-steach a' bhuidheann luchd-cùraim òg; seirbheis comhairle òigridh; Ciad Cheumannan (curraicealam eile); agus sgeama tionndaidh dha daoine òga a tha fo chunnart cionta leantainneach. Bhathas a' tabhann **Tràth-thaic Goirid Dìbhe** dhan h-uile òganach a bha a' nochdadh aig A & E le duilgheadasan co-cheangailte ri deoch làidir. Bha ìsleachadh air a thighinn ann an duilgheadas cleachdaidh deoch làidir le daoine òga. Bha siostam fiosrachaidh fosgailte do cho-phroifeasantaich slàinte (AHP) ann an seirbheisean cloinne air cnapan-starra a lughdachadh a thaobh cuideachadh fhaighinn agus a-nis bha adhartas ann an ruigsinneachd air co-sheirbheisean proifeasanta slàinte leithid gluasad-cuirp agus leigheas labhairt is cànan anns na h-eileanan a-deas.

Ged a bha luchd-obrach comasach air fuasglaidhean cruthachail a lorg gus coinneachadh ri feumalachdan fa-leth, gu sònraichte anns na h-eileanan a-deas far nach robh uimhir de ruigsinneachd ann air seirbheisean san fharsaingeachd, bha cothrom air cuid de sheirbheisean gu mòr an urra ri far an robh teaghlaidhean a' fuireach. Bha gainead ann an cuid de phrìomh sheirbheisean anns na h-eileanan a-deas (mar eisimpleir, seirbheisean dha teaghlaidhean fo bhuidheann mì-ghnàthachaidh dachaigheil) agus gu sònraichte na sgìrean dùthchail (mar eisimpleir gainead luchd-cùraim cloinne). Bha glè bheag de roghainnean còmhail cuideachd nan cnapan-starra gu bhith a' faighinn cothrom air seirbheisean anns na sgìrean as iomallaiche air feadh nan eilean. Dh'aontaich nas lugha na leth de luchd-freagairt an sgrùdadh luchd-obrach gu robh ruigsinneachd sheirbheisean do chloinn is dhaoine òga air an cuairteachadh gu co-ionannach, ge bith càite an robh teaghlaidhean a' fuireach ann an Eilean Siar. Bha gainead fiosrachaidh ùraichte ri fhaighinn gu sgiobalta a thaobh nan seirbheisean a bha rim faighinn airson a bhith nan cuideachadh do chloinn is theaghlaidhean. Dh'fhaodadh seirbheisean barrachd a dhèanamh gus dèanamh cinnteach gu robh an luchd-obrach aca eòlach gu leòr gus teaghlaidhean a stiùireadh gu stòran taic.

A' measadh agus a' freagairt chunnartan agus fheumalachdan

Tha an roinn seo a' sgrùdadh càileachd measaidh chunnartan is fheumalachdan co-cheangailte ris na trì teamaichean. Is iad sin a' chiad freagairt nuair a tha draghan gan nochdadh mu shàbhailteachd mo shunnd cloinne; cho èifeachdach sa tha ùineadaireachd airson aithne fhaighinn air tachartasan sònraichte ann am beatha leanabh agus càileachd mheasaidhean.

Lorg sinn gu robh càileachd measaidh chunnartan is fheumalachdan math. Nuair a bha draghan ann mu shàbhailteachd chloinne is dhaoine òga, fhreagair luchd-obrach air feadh nan seirbheisean gu sgiobalta agus dh'obraich iad còmhla gu math gus an cumail sàbhailte. Gu h-iomlan, chaidh fiosrachadh a thional agus a roinneadh ann an deagh ùine agus gu h-iomchaidh ach cha robh seo an-còmhnaidh comasach nuair a bha draghan ag èirigh taobh a-muigh amannan na h-oifis. Bha na coinneamhan seachdaineil de Draghan Cloinne a' cur taic ri beachdachadh tòiseachaidh ioma-bhuidhneil a thaobh cunnart agus a' cumail sùil air adhartas bho fhiosrachaidhean roimhe seo. Dh'fhaodadh gum biodh e feumail nan toirear barrachd aire do bhith ag ath-

sgrùdadh na h-ìre gu robh a' choinneamh seo èifeachdach ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu robh draghan gan cuir air adhart gu sgiobalta chun t-seirbheis as iomchaidh gus coinneachadh ri feumalachdan an leanabh no an duine òg. Bha luchd-obrach ag ullachadh ùineadaireachdan de thachartasan sònraichte ach bha feum air adhartas sa chàileachd aca gus dèanamh cinnteach gu robh iad feumail ann a bhith a' measadh cunnart agus feum. Cha robh trèanadh ioma-bhuidhneil mu ùineadaireachd air a thoirt don h-uile neach-obrach. Bha adhartas a' tighinn ann am misneachd luchd-obrach mu bhith a' measadh cunnart is feum leis gu robh modh-obrach measaidh Ga fhaighinn ceart airson gach leanabh ga dhaingneachadh ann an gnìomh ged a bha seasmhachd ann an cruth mheasaidhean fhathast ri choileanadh. Bhathas a' cleachdadh raon de mheasaidhean eòlach gu math airson adhartas fhiosrachail a thoirt air ìre co-dhùnaidh.

A' chiad fhreagairt air draghan mu shàbhailteachd agus shunnd

Nuair a bha draghan gan nochdadh gu robh leanabh no duine òg ann an cunnart fo chron, bha luchd-obrach ag obair gu dlùth còmhla gus an cumail sàbhailte. Bhathas a' beachdachadh air fiosrachadh dìon chloinne agus a' dealbhadh sgrùdaidhean tro Chonaltradh Ciad Fiosrachaidh a' toirt a-steach riochdachadh iomchaidh bho na poileis, luchd-obrach sòisealta agus an NHS. Bha sgrùdaidhean dìon chloinne làidir le compàirteachas obrach èifeachdach bho na poileis agus luchd-obrach sòisealta. Dh'obraich iad gu math còmhla agus bha co-obrachadh làidir ri fhaicinn. Bha ciad mheasaidhean cunnart fallain, stèidhichte air tional fiosrachaidh a bha èifeachdach agus air an roinneadh. Thug iad aire cheart don h-uile firinn a bha buntainneach agus chaidh anailis èifeachdach a dhèanamh orra gus cunnart a lughdachadh. Mar thoradh air an sin, chuidich gnìomhachd sgiobalta le bhith a' cumail clann is daoine òga sàbhailte.

Nuair a bha draghan gan togail mu shunnd chloinne is dhaoine òga, bha an dòigh anns na fhreagair an luchd-obrach ri sin mar as trice iomchaidh. Chaidh beachdachadh math a dhèanamh air cunnart nuair a chaidh draghan a thogail ag àm leatromachd. Chaidh deagh aithne a thoirt do so-leòntachd agus mar thoradh air an sin chaidh dealbhadh èifeachdach a dhèanamh aig ìre ro-bhreith.

Bha roinneadh fiosrachaidh gus ciad fhreagairt fiosrachail a bhrosnachadh gu ìre mhòr èifeachdach, ach aig amannan, cha robh seo cho fìor taobh a-muigh uairean àbhaisteach. Is ann dìreach nuair a bha an neach-obrach sòisealta stèidhichte ann an Steòrnabhagh a bha fiosrachadh na h-obrach shòisealta ùraichte ri fhaighinn. Thug na poileis cunntas seachad gu robh beagan amannan ann nuair nach robh e comasach dhaibh taic na h-obrach shòisealta fhaighinn taobh a-muigh uairean àbhaisteach.

Nuair a bha draghan ann gu robh feadhainn eile ann an cunnart bho leanabh no duine òg, bha an dòigh anns na làimhsich na seirbheisean an t-suidheachadh gus daoine a dhìon, gu ìre mhòr iomchaidh. Bha gnìomhachd gus taic a thoirt do dhaoine òga a bha fo chunnart cron a dhèanamh orra fhèin sgiobalta agus èifeachdach.

Chaidh draghan mu chlann is dhaoine òga a roinneadh agus chaidh tòiseachadh air cunnartan agus feumalachdan a mheasadh aig coinneamhan dragh cloinne

seachdaineil, far an robh luchd-obrach slàinte, poileis agus na h-obrach shòisealta còmhla ag ath-sgrùdadh gach fios, ag aontachadh ghniomhan agus ag ath-sgrùdadh adhartas. Bha e comasach tron phròiseas seo fios a chuir gu daoine ainmichte a thaobh draghan mus deach a' choinneamh air adhart, ged, mar a chaidh a mhineachadh san roinn mu dheireadh, bha beagan dàil ann aig amannan a thaobh luchd-obrach a bhith a' faighinn fiosrachadh. Chaidh an àireamh de chom-pàirtichean coinneimh a lughdachadh airson èifeachdas àrdachadh agus dìomhaireachd a ghleidheadh ach mar thoradh air an seo bha lughdachadh anns na fiosan a fhuarar airson taic do chloinn is theaghlaidhean, mar eisimpleir gu com-pàirtichean na roinne saor-thoileach. Bhiodh e na chuideachadh dha manaidsearan ath-sgrùdadh a dhèanamh air an taobh seo de phròiseas dragh cloinne gus dèanamh cinnteach gu bheil clann is teaghlaidhean a' faighinn a h-uile cuideachadh a dh'fheumas iad aig tràth ìre.

Càileachd is cleachdadh ùineadaireachdan

Ach a-mhàin a thaobh dà chùis a chaidh ath-sgrùdadh, bha ùineadaireachd de thachartasan sònraichte air a chlàradh airson a h-uile leanabh is duine òg, ach a thaobh dà thrian den fheadhainn sin mheas sinn iad gun a bhith iomchaidh airson an cleachdadh. Thug sinn aire gu robh gainead mion-fhiosrachaidh ann an cuid dhiubh ach bha cuid eile anns an robh cus fiosrachaidh. Thug laigsean eile a-steach: barrachd air aon ùineadareachd airson leanabh no duine òg air a chlàradh, le fiosrachadh eadar-dhealaichte anns gach cuid; beàrran fada eadar fiosrachadh; agus ùineadaireachdan nach robh ùraichte. Ann am beagan ùineadaireachdan bha fiosrachadh cudromach a dh'ith leithid bàs pàrant no ainm an leanabh a bhith air a thoirt a-mach à clàr dìon na cloinne.

Bha ùidh aig manaidsearan cleachdadh luchd-obrach adhartachadh ann a bhith a' leasachadh, a' cumail suas agus a' cleachdadh ùineadaireachdan de thachartasan sònraichte gus tuigse fhaighinn air pàtrain cunnart no tional de eòlasan a bha a' toirt buaidh air sunnd chloinne agus dhaoine òga. Chaidh stiùireadh cuideachail air ùineadaireachdan a leasachadh o chionn ghoirid ach bha sin fhathast gun a dhol troimhe gu luchd-obrach. Bha e soilleir gu robh barrachd is barrachd mothachaidh am measg luchd-obrach mu cho cudromach is cho feumail sa bha ùineadaireachdan ach bha cus den luchd-obrach a bha a' deasachadh ùineadaireachdan fhathast gun trèanadh ioma-bhuidhean fhaighinn. Mar thoradh air an sin, cha robh mòran de luchd-obrach a' faighinn taic gu leòr gus na sgilean deatamach a leasachadh airson a bhith a' leasachadh ùineadaireachdan iomchaidh gus taic a thoirt do mheasadh cunnart is feum.

Càileachd mheasaidhean

Leis gu robh modh-obrach Ceartas a' fàs gu bhith nas daingnichte ann an cleachdadh, bha misneachd an luchd-obrach ann a bhith a' measadh chunnartan is fheumalachdan a' fàs gu slaodach. Chaidh frèam-obrach measaidh is dealbhadh ùr a thoirt a-steach gus cleachdadh a rèiteachadh agus seasmhachd a thoirt a-steach do mheasadh cunnart is feum. Bha luchd-obrach gu math adhartach a thaobh an fhrèam-obrach ùr agus smaoinich iad gum brosnachadh seo an ceann ùine inbhe measaidh nas fheàrr agus nas seasmhaich. Lorg iad gu robh liosta de na comharran sunnd gu sònraichte feumail mar ghoireas sùla ri chleachdadh airson measaidh. Ach, bhathas fhathast a' cleachdadh seann dhreachan de phàipearan

measaidh agus bha seo ag adhbhrachadh mì-chinnt. Cha robh a h-uile neach-obrach soilleir mu am bu chòir an fhrèam-obrach ùr a chleachdadh a-nis gach uair no an robhas gu bhith ga thoirt a-steach gu foirmeil aig àm eile ri teachd.

Bha a' mhòr-chuid de na measaidhean cunnart a chaidh ath-sgrùdadh tron sgrùdadh aig ìre a bha ceart gu leòr agus bha cuid aig ìre na b' àirde na sin, a' faighinn measadh a bha math no glè mhath. Bha measaidhean air feumalachdan co-chosmhail, le càileachd a bha eadhon nas fheàrr. Bha cha mhòr a h-uile measadh air feumalachdan ag ìre iomchaidh agus chaidh a' mhòr-chuid dhiubh a mheasadh mar math mo glè mhath.

Chaidh a' bhuidheann treas roinn Gnìomh airson na Cloinne a choimiseanadh gus raon de sheirbheisean a sholarachadh a chleachd gu cuideachail pasgan de chruthan measaidh eòlach gus measadh a dhèanamh agus taic a thoirt do dhaoine òga. Thug seo a-steach Tràth-thaic Goirid Deoch Làidir pearsanta dha daoine òga a bha ag ana-cleachdadh deoch làidir agus an inneal ASSIST gus ana-cleachdadh stuthan a mheasadh agus mothachadh àrdachadh air a' bhuidhean agus na cunnartan a tha ana-cleachdadh stuthan air an duine òg agus air an lìonra aca san fharsaingeachd.

A' dealbhadh airson cloinn is daoine òga fa-leth

Tha an roinn seo a' beachdachadh air càileachd phlanaichean cloinne agus èifeachdas an rèiteachaidh airson an ath-sgrùdadh.

Bha dealbhadh airson clann is daoine òga fa-leth math. Bha plana ann airson a' mhòr-chuid de chloinn is dhaoine òga air an robh feum air gus luchd-obrach a stiùireadh ann a bhith a' riaghladh chunnart no a' coinneachadh ris na feumalachdan aca. Bha planaichean air an ceangal gu math ri measaidhean agus chleachd iad na cuimsean nàiseanta gus aithne fhaighinn air gnìomhan gus amasan sònraichte a ruighinn. Chomharraich a' mhòr-chuid de phlanaichean toraidhean ri bhuileachadh airson an leanabhaich no an duine òg. Ach, bha feum air adhartas ann an dealbhadh gus coinneachadh ris na feumalachdan slàinte aig clann agus daoine òga a tha fo chùram. Bha dìth comas taobh a-staigh sheirbheisean slàinte a' ciallachadh gu robh dealbhadh gu tric ath-ghnìomhach agus mura robh duilgheadasan slàinte èiginneach ann, cha robhas a' dearcnachadh feumalachdan slàinte chloinne agus dhaoine òga a bha fo chùram. Bha luchd-obrach ag obair gu math còmhla gus a bhith a' dealbhadh airson agus a' coinneachadh ri feumalachdan chloinne is dhaoine òga. Bha rèiteachadh iomchaidh suidhichte airson adhartas ath-sgrùdadh, co-dhealbhadh a dhèanamh agus a thighinn gu co-dhùnidhean. Bha oifigear às aonais uallach cùise a-nis na chathraiche air ath-sgrùdaidhean fo chùram agus thug seo neo-eisimeileachd feumail agus sgrùdadh cleachdaidh cothromach a-steach. Bha barrachd chloinn is dhaoine òga a' faighinn taic shoirbheachail taobh a-staigh nan coimhearsnachdan aca fhèin anns na h-eileanan. Tro fòcas nas motha air dealbhadh maireannach bha cothrom ann comas a thoirt dha barrachd chloinn gluasad gu àrainneachd nas tèarainte agus nas seasmhaich mar thoradh air co-dhùnidhean nas tràithe gan dèanamh.

Càileachd phlanaichean fa-leth airson clann is daoine òga

Bha plana ann airson a' mhòr-chuid de chloinn is dhaoine òga air an robh feum air gus luchd-obrach a stiùireadh ann a bhith a' riaghladh chunnart no a' coinneachadh ris na feumalachdan aca. Bha am frèam-obrach measaidh is dealbhadh ùr, air an deach iomradh a thoirt san roinn roimhe seo, a' ceangal a' mheasaidh gu math ri plana an leanabha a' cleachdadh na cuimean sunnd. Bha na planaichean a chaidh ath-sgrùdadh mar phàirt den sgrùdadh aig ìre càileachd a bha ceart gu leòr. Bha planaichean riaghlaidh cunnart a' dèiligeadh gu h-iomchaidh ris na gnìomhan a bha deatamach airson nan cunnartan a chaidh aithneachadh ìsleachadh.

Bha fìor dheagh eisimpleirean ann de phlanaichean cloinne a bha mionaideach, le deagh structar agus ceangailte ri cuimsean sunnd. Bha iad sin soilleir mu cò air a bha uallach airson an raon de ghnìomhan clàraichte sònraichte. Anns a' mhòr-chuid de phlanaichean bha cunntas air na toraidhean a bha ri bhuileachadh airson an leanabha no an duine òg. Cha robh ach cairteal de na planaichean a chaidh ath-sgrùdadh a bhathas a' faireachdainn a bha SMART (sònraichte, comasach an tomhas, comasach am buileachadh, cothromach agus ùineil). Tha e deatamach gun dèanar cinnteach gu bheil plana SMART ann gus am bi e comasach sùil a chumail air adhartas agus dèanamh cinnteach gu bheil eadar-theachd èifeachdach.

Bha adhartas air a thighinn ann an cleachdadh luchd-obrach airson planaichean a leasachadh mar thoradh air riaghladh na b' fheàrr tro bhith a' fastadh dà stiùiriche sgioba. Bha e annasach a-nis gun cuirear fiosan gu neach-aithris na cloinne às aonais plana a bhith cuideachd na chois. Bha planaichean a-nis rim faighinn nas bitheanta gus fiosrachadh a thoirt do dh'èisteachdan. Bha luchd-obrach air leth comasach air na builean a bha iad airson a bhuileachadh do chloinn is dhaoine òga tro phlanaichean cloinne, a mhìneachadh. Bha iad nas misneachail ann a bhith a' cruthachadh agus a' coileanadh co-phlanaichean do chloinn is dhaoine òga.

Càileachd agus èifeachdas dealbhadh is ath-sgrùdadh

Bhathas a' cleachdadh a' phròiseas tràth-thaic ìre às deidh ìre gu math gus planadh airson feumalachdan chloinne is dhaoine òga. Tron phròiseas seo bha e comasach diofar ìrean de thaic fhaighinn bho aon bhuidheann gu taic fharsaing ioma-buidhneil. Mar phàirt den seo, bha coinneamhan seachdain taic sgoilear ioma-bhuidhneil èifeachdach ann a bhith a' cumail sùil air adhartas chloinne is dhaoine òga agus a' dèanamh ath-sgrùdadh air na feumalachdan aca. Bha fhathast aca ri bhith a' ceangal a' phròiseas seo gu h-iomlan ri pròiseasan Ceartas do gach pàiste.

Bha a' bhanaltram sgoile na pàirt de na coinneamhan taic sgoilear seo agus le sin bha e comasach sùil a chumail air feumalachdan slàinte chloinn òg àrd-sgoile a bha fo chùraim. Ach cha robh dealbhadh gus coinneachadh ri feumalachdan slàinte chloinn is dhaoine òga a bha fo chùraim làidir no seasmhach gu leòr. Cha robh proifeasantach slàinte sònraichte air a chomharrachadh airson seo agus an àite sin bha e na uallach a bharrachd air an luchd-obrach tadhal-slàinte no altramais sgoile. Mar thoradh air an sin bha dealbhadh gu tric aig ìre ath-bhualaidh agus mura robhas ga cheangal ri duilgheadasan slàinte èiginneach cha robhas a' cumail sùil air feumalachdan slàinte chloinn is dhaoine òga a bha fo chùraim gu dòigheil bho àm gu àm. Bha e na laigse chudromach nach robh siostam ann airson dealbhadh gus

coinneachadh ri feumalachdan slàinte chloinn is dhaoine òga a bha fo chùraim san dachaigh.

Bha luchd-obrach ag obair gu math còmhla airson dealbhadh agus coinneachadh ri feumalachdan chloinn is dhaoine òga. Bhathas air coinneamhan sgioba measaidh coimhearsnachd ro-sgoile (PRESCAT), air an deach aithris roimhe seo, ath-thòiseachadh ann an sgoiltean-araich. Rinn co-labhairtean cùise agus ath-sgrùdaidhean cinnteach gu robhas an-còmhnaidh ag ath-sgrùdadh chunnartan agus fheumalachdan chloinn is dhaoine òga a bha feumach air an dìon. Bhathas a' cumail sùil air suidheachadh is adhartas chloinn is dhaoine òga a bha fo chùraim air falbh bhon dachaigh aig coinneamhan ath-sgrùdaidh cunbhalach. Anns a' chathair a-nis aig na coinneamhan sin bha oifigear air nach robh uallach mun chùis agus bha sin a' toirt a-steach sealladh nas neo-eisimeilich agus a' toirt seachad sgrùdadh nas neo-eisimeilich air cleachdadh.

Bha dealbhadh airson a bhith a' gluasad chloinn is dhaoine òga bho aon ìre gu ìre eile ag obair gu math. Mar eisimpleir bha imeachdan air an riaghladh gu math eadar cùram cloinne fo aois 3 agus sgoiltean-àraich agus air adhart gu foghlam bun-sgoile agus an uairsin àrd-sgoile. Gu cudromach, bha clann is daoine òga a bha roimhe sin air a' Chlàr Dìon Chloinne a-nis a' faighinn taic na h-obrach shòisealta agus iad ag imeachd a dh'ionnsaigh taic nach robh cho teann.

A' dearbhadh àrainneachdan tèarainte agus cùramach

Bha barrachd chloinn is dhaoine òga a' faighinn taic anns na coimhearsnachdan aca fhèin anns na h-eileanan. Bha dealbhadh èifeachdach ann a bhith a' faighinn àrainneachdan cùramach is seasmhach do chloinn is dhaoine òga anns a' mhòr-chuid de na clàran air na rinn sinn ath-sgrùdadh. Nuair nach robh e comasach dhaibh fuireach san dachaigh, mar as trice bha taicean iomchaidh ann airson an cuideachadh. Thug seo a-steach ionadan dàimh is daltachd. Bha buaidh mhath aig na h-ionadan sin ann a bhith a' toirt seachad àrainneachd sheasmhach is àraich dha daoine òga.

Lorg na sgrùdaidhean as ùire, a chaidh an crìochnachadh sa Mhàrt 2015, airson gach cuid na seirbheisean daltachd is uchd-mhacachd gu robh càileachd cùraim is taic ag ìre mhath. Bhathas a' dealbhadh airson tuilleadh leasachadh air sgeama daltachd stèidhichte air tuarastal a bu chòir leigeil le clann aig an robh feumalachdan nas dùbhlannaich a bhith a' faighinn cùram ann an suidheachadh teaghlaich sa choimhearsnachd aca fhèin. An-dràsta chan eil ann ach aon sheata de luchd-cùraim stèidhichte air tuarastal. Bha feum air barrachd luchd-cùraim daltachd gus dèanamh cinnteach gu bheil ionadan iomchaidh ann gus coinneachadh ri na feumalachdan sònraichte a tha aig gach leanabh is duine òg a dh'fheumas cùram de sheòrsa eile. Bha gainead luchd-cùraim ag adhbhrachadh gu feum clann is daoine òg cùram fhaighinn ann an ionadan air tìr-mòr. Chuir ioma atharrachadh de neach-obrach shòisealta agus beàrnan san obair-shòisealta bacadh air an taic a chaidh a thoirt do luchd-cùraim daltachd. Thug seo buaidh cuideachd air comas na seirbheis air barrachd luchd-cùraim fhadastad.

Lorg na sgrùdaidhean as ùire air seirbheisean uchd-mhacachd is daltachd a rinnear sa Mhàrt 2015 gu robh feum air adhartas anns na h-ùinean airson dealbhadh maireannach. Bhathas air oidhirpean a dhèanamh airson adhartas fhaighinn san

ùine a bha e a' toirt gus ionadan maireannach fad-ùine fhaighinn. Lorg lèirmheas taobh a-staigh o chionn ghoirid gu robhas a' dèanamh cho-dhùnaidhean aig ìre nas tràithe de bhith a' faighinn dachaigh dha leanabh agus aig aois nas òige, a bha ga fhàgail nas dualtaich gum faighear maireannachd taobh a-staigh ùine nas iomchaidh. A-mach à deich cùisean a leugh sinn mar phàirt den sgrùdaidh, bha ceathrar chloinne à trì teaghlaichean a' fiosrachadh dàil. Lorg sgrùdaidhean roimhe seo gu robh mòran dàil ann le bhith a' faighinn maireannachd dha clann agus, a dh'aindeoin adhartasan o chionn ghoirid tha an dìleab seo fhathast na fhìor dhùbhlann. Ged a bha adhartasan soilleir ann a thaobh a bhith a' tighinn gu co-dhùnaidhean mu maireannachd, bha manaidsearan mothachail gu robh dùbhlannan ann fhathast mu bhith a' toirt na planaichean sin air adhart gu sgiobalta tron phròiseas laghail.

A' dealbhadh agus ag adhartachadh sheirbheisean

Tha an roinn seo a' beachdachadh air cruas dealbhaidh sheirbheisean cloinne amalaichte agus dealbhaidh ro-innleachdail agus na h-ìre gun urrainnear a nochdadh airson taic a thoirt do adhartas ann an sunnd chloinne is dhaoine òga. Tha e a' toirt a-steach fòcas air cho math sa tha com-pàirtichean ag aithneachadh agus a' riaghladh chunnartan do bhuidhnean so-leònte chloinne is dhaoine òga.

Bha co-dhealbhaidh airson seirbheisean adhartachadh lag. Bha dreachd de Phlana Sheirbheisean Cloinne Amalaichte aig ìre adhartach ach bha am plana roimhe sin air a thighinn gu crìch ann an 2013, a' fàgail beàrn shònraichte far nach robh plana ann airson stiùireadh is taic a thoirt do cho-obrachadh airson builean adhartachadh do chloinn is dhaoine òga. Bha am plana ùr gu sònraichte air a cheangal ris a' Chòrdadh Singilte Bhuilean, gu làidir ri taobh nam prìomh phròiseasan gus taic a thoirt do bhuileachadh, agus gus sùil a chumail air an adhartas aige. Ach, cha robh e stèidhichte air co-mheasadh ro-innleachdail de fheumalachdan a leigeadh le com-pàirtichean dèanamh cinnteach gu robh an cothromachadh ceart de sheirbheisean coitcheann, targaidte agus sàr-eòlaich ann gus coinneachadh ris na feumalachdan gnàthach agus a tha ag èirigh aig clann is daoine òga ann an Eilean Siar. Bha an cathraiche ùr neo-eisimeileach gu soirbheachail air cunntalachd Comataidh Dìon Chloinne Innse Gall àrdachadh. Bho chaidh a chuir san dreuchd bha eadar-dhealachadh aithnichte air a thighinn, a' toirt seachad dùbhlann neo-eisimeileach agus le comas a' chomataidh a neartachadh. Bha aig a' chomataidh fhathast ri ceumannan brìgheil aithneachadh mu cho math sa bha iad a' dìon chloinne is dhaoine òga. Cha robh aithisg bhliadhnail air nochdadh bho 2013, a' fàgail beàrn fiosrachaidh a dh'fhaodadh a bhith na bhreithneachadh air buaidh na comataidh air a bhith a' cumail clann is daoine òga sàbhailte. Cha robh siostam aontaichte suidhichte airson cunnartan a bha a' nochdadh no a dh'fhaodadh nochdadh a thaobh sàbhailteachd is sunnd chloinne is dhaoine òga aithneachadh agus gus ro-innleachdan roinnte a leasachadh airson deiligidh riutha. Mar thoradh air an sin, cha robh e comasach dha àrd-oifigearan a bhith cinnteach annta fhèin gu robh a' chomataidh a' dèanamh gach nì a bha deatamach gus cron isleachadh.

Dealbhadh sheirbheisean cloinne amalaichte

Bha oidhirpean gan dèanamh o chionn ghoirid airson adhartas fhaighinn ann an dealbhadh sheirbheisean cloinne amalaichte ach bha seo ag èirigh bho bhunait ìosal. Cha robh Plana Sheirbheisean Cloinne Amalaichte suidhichte anns na h-Eileanan an Iar bho 2013 nuair a thàinig am plana mu dheireadh gu crìch. Bha com-pàirtichean air aithneachadh gu robh feum aca air cuideachadh le bhith a' leasachadh a' phlana ùr aca agus bha iad a-nis a' faighinn làn thaic san obair seo le comhairliche neo-eismeileach a bha air a' phròiseas dùbhlannach de leasachadh plana ùr àrdachadh. Bha an dreachd phlana, a bha aig ìre adhartach, gu sònraichte ceangailte ris a' Chòrdadh Singilte Bhuilean agus thug e a-steach cuid de dh'fhiosrachadh feumail mu na h-adhartasan a chaidh a choileanadh mar thoradh air a' phlana roimhe sin. Bha am plana ùr gu làidir a' seasamh le pròiseasan eile a bhios ga dhèanamh nas fhasa a choileanadh agus sùil a chumail air an adhartas aige. Chaidh dòighean cunntachail soilleir aontachadh le Com-pàirteachadh Dealbhadh Coimhearsnachd Innse Gall (OHCPP) a bhios a' cumail sùil air a' Phlana Sheirbheisean Cloinne Amalaichte ùr. Bha ceanglaichean soilleir is feumail eadar a' Chom-pàirteachadh Dealbhaidh Chloinne is Dhaoine Òga, air an robh uallach a bhith a' leasachadh agus a' cumail sùil air plana sheirbheisean cloinne amalaichte, Comataidh Dìon na Cloinne, Buidheann nan Àrd-oifigearan airson dìon poblach is Comataidh Dìon Chloinne Innse Gall. Is e rud adhartach a bh'ann gu robh a h-uile prìomhachas anns a' Chòrdadh Singilte Bhuilean air gnìomhan aithneachadh a bha ceangalte gu sònraichte ri clann is daoine òga, a' mhòr-chuid a bha a' feumachdainn com-pàirteachas obrach airson soirbheachas a bhuileachadh.

Cha robh targaidean san dreachd phlana SMART gu leòr agus chan eil e idir soilleir ciamar a bhios am plana a' brosnachadh co-ionannachd is in-ghabhail. Bhathas gu bhith a' cleachdadh an dreachd phlana mar phàipear obrach gus conaltradh a dhèanamh le clann, daoine òga, teaghlach, luchd-obrach agus luchd-dèiligidh eile. Feumar tòrr obair a dèanamh gu sgiobalta gus dèanamh cinnteach gu bheil luchd-dèiligidh gu tur an sàs ann a bhith a' cur crìoch air a' phlana agus ga thoirt gu buil.

Bha fìor ath-dhealbhaidh seirbheis air gabhail àite a bha gu soilleir stèidhichte air feumalachdan a chaidh aithneachadh gu ro-innleachdail. Bha amasan prìomhachais a bha a' leantainn gu adhartas seirbheis. Bha na leanas gu sònraichte fìor:

- Oidhirp shònrachta a rinnear gus daoine òga a bha fo chùraim a thoirt air ais gu na h-Eileanan an Iar. Cha robh builean dha daoine òga a bha fo chùraim ann an ionadan air tìr-mòr an-còmhnaidh math. Bha ro-innleachd farsaing a-nis suidhichte gus tapachd a thogail ann an seirbheisean a leigeadh le daoine òga a bhith gu soirbheachail a' faighinn cùraim anns a' choimhearsnachd aca fhèin.
- Freagairt do dhìth-dachaigh òigridh tro bhith ag àrdachadh raon de roghainnean àite-fuirich iomchaidh. Bha planaichean ann airson àiteachan-fuirich do dhaoine gun dachaigh atharrachadh gu bhith cleachte mar thairgheadas taic dha daoine òga air an robh deagh fheum.
- A' leudachadh na h-àireamh de luchd-obrach le Gàidhlig a bha ag obair le clann ag ìre thràth-bhliadhnaichean a bhathas a' faicinn mar rud deatamach

ann a bhith a' toirt air adhart an ro-innleachd gus a' Ghàidhlig a dhaingneachadh taobh a-staigh coimhearsnachd na cloinne.

- Beachdachadh air sgrùdadh den mhargaidh obrach ionadail a nochd gu robh cothroman ann airson daoine òga ullachadh gus beàrnan sgilean ionadail a lìonadh. Bha an iarratas airson seirbheisean Cùraim Slàinte is Sòisealta a' fàs leis gu robh an àireamh-sluaigh a' fàs aosda. Bhathas a' misneachadh dhaoine òga a bhith a' beachdachadh air cùram slàinte is sòisealta mar chùrsa-beatha agus chaidh taic a thoirt dhaibh tro churraicealam na sgoile gus teisteanasan dreuchdail fhaighinn.
- Na prìomhachasan gnàthach aig a' Cho-obrachadh Tràth-ìrean 's iad sin a bhith a' lughdachadh reamhrachd, ag adhartachadh thoraidhean labhairt is cànanain, ag aithneachadh dhraghan cloinne aig an ìre as tràithe agus a' lughdachadh bochdain cloinne. Bha iad sin steidhichte air dàta a bha a' sealltainn raointean a bha feumach air leasachadh agus tro bheàrnan a chaidh aithneachadh bho mhapadh deuchainnean atharrachaidh gnàthach.

Ach a dh'aindeoin sin, ged a bha iad sin nan fhreagairtean cudromach airson feumalachdan a bha a' nochdadh le bhith ag ath-leasachadh agus ag ath-dhealbhadh sheirbheisean, cha robhas gan dèanamh ann an dòigh brìgheil no co-obrachail. Cha robh an dreachd phlana sheirbheisean amalaichte cloinne air fhiosrachadh le fìor mheasadh cruaidh air feumalachdan. Bha com-pàirtichean gu dian mothachail gu robh feum aca air adhartas a dhèanamh ann a bhith a' tional agus a' cleachdadh dàta. Ged a bhathas a' tional tòrr dàta iomchaidh, cha robh sin air a chleachdadh an-còmhnaidh anns an dòigh a bu bhrìgheil no bu chuideachail. Nam biodh com-pàirtichean a' dealbhadh agus a' coileanadh atharrachadh seirbheis mar fhreagairt air feum tro ro-innleachd ceangailte, dh'fhaodadh sin a bhith a' tabhann seasmhachd nas fheàrr. Le dìreach beagan comas riaghlaidh is stiùiridh ann an sgìre bheag, dh'fhaodadh ro-innleachd amalaichte stèidhichte air deagh mheasadh air feumalachdan a bhith na b'èifeachdaich ann a bhith a' biathadh a-steach do dhealbhadh seirbheis nas fhaide ùine.

A' coileanadh modh-obrach Ceartas do gach pàiste

Bha atharrachaidhean structarail thairis air an dà bhliadhna mu dheireadh air adhartas a shlaodachadh ann a bhith a' coileanadh Ceartas do gach pàiste. Bha luchd-obrach is manaidsearan air cunntas a thoirt air a' mhodal mu dheireadh de lonnsachadh Coimhearsnachdan mar charbaid mhath airson a bhith a' putadh air adhart Ceartas leis gu robh a h-uile seirbheis an sàs. Le bhith a' call a' mhodal seo bha sin a' ciallachadh gu robh feum air structaran ùra a chruthachadh gus dèanamh cinnteach gum biodh coileanadh leantainneach air modh-obrach Ceartas.

Ach, chaidh cuideam mòr air agus gealladh mu mhodh-obrach Ceartas a nochdadh anns an dreachd phlana sheirbheisean amalaichte cloinne. Bhathas air buidheann-obrach geàrr-ùine a stèidheachadh o chionn ghoirid gus làn-chùraim agus thar-chùraim a leasachadh a rèir an reachdas ùr. Bha àrd mhanaidsearan aig gach cuid an NHS agus a' Chomhairle aig an robh prìomh uallach airson Ceartas a choileanadh agus dèanamh cinnteach gu robh na seirbheisean aca gu tur a rèir Achd na Cloinne is Dhaoine Òga (Alba) 2014, mar a thathas ga chuir an gnìomh.

Bha modh-obrach Ceartas gu soilleir air tuigse agus cànan roinnte a thoirt do luchd-obrach thairis air seirbheisean is chuspairean a bha gan cuideachadh le bhith ag obair gu math còmhla bho latha gu latha.

Ach bha dìth comas ann an tadhal slàinte na laigse shònraichte, mar a chaidh a mhìneachadh na bu thràithe san aithisg. Bha seo a' ciallachadh nach b'urrainn dha luchd-tadhail slàinte ach prìomhachas a thoirt don chloinn so-leònte a bha nas aithnichte agus bha seo a' cuingealachadh an cuid comais a bhith an sàs le teaghlaichean aig an ìre as tràithe a tha comasach. Mar thoradh air an sin, cha robh an t-seirbheis slàinte fhathast comasach air na dleastanasan aca a choileanadh gu h-ìomlan mar sheirbheis neach ainmichte. Bhathas air aithneachadh gu robh feum air co-thrèanadh neach ainmichte dha luchd-tadhail slàinte is ceannardan sgoile agus bhathas fhathast ri seo a shuidheachadh. Bha luchd-obrach thar sheirbheisean air trèanadh mothachaidh fhaighinn bho 2012 ann an Ceartas do gach pàiste ach tha fios againn bho na freagairtean don sgrùdadh luchd-obrach againn agus le bhith a' bruidhinn ri luchd-obrach tron sgrùdadh gun cuireadh mòran dhiubh fàilte air tuilleadh chothroman trèanaidh ioma-bhuidhneil air Ceartas do gach pàiste leis gu robh beagan ùine air a dhol seachad bho fhuair mòran dhiubh an trèanadh agus bha atharrachaidhean cleachdaidh sònraichte air a thighinn a-steach bhon uairsin.

Dealbhadh gnothachais Comataidh Dìon Chloinne

Le bhith a' toirt a-steach cathraiche neo-eisimeileach a bha a' toirt cunntas don bhuidheann àrd oifigearan bha seo air cunntalachd a' Chomataidh Dìon Chloinne àrdachadh gu soirbheachail. Bha an cathraiche neo-eisimeileach air fìor atharrachadh a dhèanamh, chan ann dìreach mar thoradh air dùbhlann neo-eisimeileach ach cuideachd leis gu robh barrachd comas aige airson a' chomataidh a neartachadh.

Bha a' chomataidh gu cunbhalach a' cruinneachadh agus ag aithris air raon de dh'fhiosrachadh doimhneachd agus bitheantais. Thug seo a-steach fiosan dìon chloinne, clàraidhean agus co-labhairtean cùise. Cha robh e cho misneachail mun dàta dèanadas a dh'fheumadh e gus a bhith a' fiosrachadh phrìomhachasan san àm ri teachd ach bha e aig ìre thràth ann a bhith ag ath-sgrùdadh phàtrain a bha a' nochdadh bho na foirmean draghan cloinne, mar eisimpleir. Mar a chaidh iomradh a thoirt na bu thràithe, agus mar a tha mòran sgìrean ann an Alba, cha robh a' chomataidh dìon chloinne fhathast air ceumannan brìgheil aithneachadh mu cho math sa bha iad a' dìon chloinn is dhaoine òga ann an Eilean Siar. Bha dùbhlann a bharrachd ann an Eilean Siar leis nach robh an dàta an-còmhnaidh brìgheil, mar thoradh air na h-àireamhan beaga a bh'ann.

Bha obair gnàthach gus na diofar phròiseasan dealbhaidh a cheangal nas fheàrr a' gealltainn dealbhadh dìon chloinne a neartachadh ann an ùine glè ghoirid. Bha a' phlana gnìomh ioma-bhuidhneil a bha ann an-dràsta air ath-sgrùdadh gu h-ìomchaidh agus air atharrachadh gus dèanamh cinnteach gu robh e a rèir an dreachd phlana sheirbheisean amalaichte. Bha an Cathraiche a' moladh gun gabhadh a' chomataidh uallach airson cuid de na gnìomhan sa phlana agus le seo mar bhunait air plana gnìomh àrd-ìre na comataidh fhèin. Cha robh aithisg bhliadhnail o chionn ghoirid ri fhaighinn bhon Chomataidh Dìon Chloinne.

Ag aithneachadh agus a' freagairt chunnartan a bha a' nochdadh

Bha an OHCP a' nochdadh mothachadh de chunnart ag èirigh a chaidh aithneachadh bho chùisean fa-leth, phròiseasan dìon chloinne no fiosrachadh gu robh cuspairean sònraichte nan cunnart do chloinn is dhaoine òga. B' e eisimpleir o chionn ghoirid gu robh dragh ann mu àrd-bhuadhan laghail. Ach cha robh siostam aontaichte ann gus aithne fhaighinn air cunnartan a bha a' nochdadh no a dh'fhaodadh nochdadh a thaobh sàbhailteachd is sunnd chloinn is dhaoine òga. Mar thoradh air an sin cha robh e comasach dhaibh dearbhadh a thoirt dhaibh fhèin gu robh iad a' dèanamh gach gnìomh a bha deatamach gus cron a lughdachadh.

Brathadh feise cloinne

Bha Comataidh Dìon Chloinne air aire mhath a thoirt don chunnart a bha a' fàs a thaobh brathadh feise cloinne gach cuid gu h-ionadail agus air feadh na RA. Bhathas air togail mothachaidh farsaing a thoirt don luchd-obrach, do phàrantan, luchd-cùraim agus do dhaoine òga air stèidh leantainneach. Bha trèanadh eadar-lìn sònraichte air a thoirt do luchd-cùraim daltachd. Bha beagan eisimpleirean de bhrathadh feise cloinne air a thighinn am bàrr a thaobh clann bho Eilean Siar thairis air na còig bliadhna a dh'fhalbh far an robh cùisean lagha soirbheachail air a dhol air adhart mar thoradh air tràth-thaic. Bha seo air a bhith gu ìre mhòr a' toirt a-steach clann is daoine òga a bha fo chùraim. Gu sònraichte, bha a-nis plana suidhichte airson ath-sgrùdadh a dhèanamh air daoine òga gu lèir a bha fo chùraim air falbh bhon taigh no a bha gun dachaigh airson an so-leòntachd aca mu bhrathadh a mheasadh. Thèid aire shònraichte a thoirt do na daoine òga sin ann an ionadan air tìr-mòr leis gu bheil iad ann an cunnart nas motha air sgàth gu bheil iad cho fada bhon dachaigh. Bhathas air buidheann obrach geàrr-ùine a stèidheachadh fo stiùir nam poileis gus plana gnìomh brathadh feise cloinne a leasachadh. Gu h-ìomchaidh bidh daoine òga a' cur ris an seo tro cho-obrachadh eadar luchd-obrach sgoile ann an Sgoil MhicNeacail agus a' Chomataidh Dìon Chloinne.

Com-pàirteachadh cloinne, daoine òga, teaghlaichean agus luchd-dèiligidh eile

Tha an roinn seo a' sgrùdadh na h-ìre gu bheil clann, daoine òga, teaghlaichean agus luchd-dèiligidh eile an sàs ann am poileasaidh, dealbhadh agus leasachadh seirbheis.

Bha an ìre de chom-pàirteachaidh de chloinn, dhaoine òga, teaghlaichean agus luchd-dèiligidh eile ìomchaidh. Bha mòran de dh'eisimpleirean adhartach ann de chomhairleachadh le luchd-dèiligidh agus iad air an comasachadh gus buaidh a thoirt air co-dhùnaidhean cudromach ach cha robh beachdan chloinne, dhaoine òga, teaghlaichean agus luchd-dèiligidh eile fhathast a' toirt cumadh air poileasaidh, dealbhadh agus leasachadh seirbheis. Bha com-pàirtichean air aithneachadh gu robh feum air luchd-dèiligidh a bhith an sàs ann an co-chomhairleachaidh mu dhreachd Phlana Sheirbheisean Cloinne Amalaichte agus mu chloinn is luchd-fàgail cùraim ann a bhith a' leasachadh ro-innleachd pàrantachadh corporra. Cha robh ro-innleachd ciallach ann airson mothachadh a thogail mu chòraichean cloinne. Mar thoradh air an sin cha robh cuid de chloinn is dhaoine òga mothachail gu leòr air na còraichean aca agus mar a dheidheadh an cleachdadh. Bha dìreach aon sgoil air feadh na h-eileanan a bha na sgoil spèis chòraichean le creideas.

Bha cuid de dh'eisimpleirean adhartach ann de cho-chomhairleachadh le luchd-dèiligidh agus de chothrom ga thoirt dhaibh buaidh a thoirt air co-dhùnaidhean cudromach.

- Sgrùdadh farsaing phàrant/luchd-cùraim ann an 2013 den h-uile pàrant sgoilear ann an Eilean Siar. Chaidh na toraidhean a chleachdadh airson a bhith a' fiosrachadh Plana Gnìomh Sheirbheisean Cloinne is Foghlaim airson 2014-17. Chaidh am fios air ais seo cuideachd a chleachdadh airson a bhith a' fiosrachadh na h-eacarsaich fèin-mheasaidh dearbhte. Lean àrd-anailis agus làn-bheachdachadh air na co-dhùnaidhean gu grunn adhartasan cudromach rim moladh.
- Bha ath-dhealbhadh a' churraicealam timcheall air comas-obrach stèidhichte air pearsantachd agus roghainn a bharrachd air a bhith a' ceangal ri prìomhachasan ro-innleachdail. Chaidh cùrsaichean dreuchdail a sholarachadh a cheangal a-steach gu dìreach ris a' mhargaidh obrach. Bha seo na phàirt de ro-innleachd nas fharsainge gus bacadh a chur air daoine òga bho bhith a' fàgail nan eilean gus cosnadh fhaighinn. Bha beachdan, miannan agus ùidhean dhaoine òga air cur gu mòr ris na seòrsaichean cùrsa dreuchdail a bha a-nis rim faighinn.
- Bha buidheann Taic Autism a stèidhich pàrantan air obrachadh gu math le buidhnean is seirbheisean gus taic is cuideachadh sùbailte a chosnadh gu soirbheachail. Mar eisimpleir a' coileanadh atharrachaidhean cudromach gus dèanamh siubhal san adhair no air muir nas fhasa chan chloinn aca.
- Chuir luchd-obrach luach air cothroman fhaighinn gus an cuideachadh le bhith a' toirt cumadh air an àrainneachd ùr aca anns na sgoiltean ùra agus dh'fhairich iad gu robh na dealbhadhean tarraingeach, air an togail a dh'aon ghnòthach a' toirt buaidh adhartach air gnè agus càileachd ionnsachaidh chloinne is dhaoine òga aig a' cheann thall.

Bha mòran de dhaoine òga misneachail gun deach èisteachd rim beachdan agus an cuir an gnìomh taobh a-staigh nan seirbheisean a chleachd iad fhèin agus thug iad cunntas air gnè làidir taobh a-staigh gach seirbheis de bhith an sàs agus com-pàirteachadh brìgheil. A dh'aindeoin sin cha robhas fhathast air ceangal dòigheil de chloinn, dhaoine òga, theaghlaichean agus luchd-dèiligidh a stèidheachadh ann a bhith a' dealbhadh agus a' leasachadh sheirbheisean. Dh'aontaich nas lugha na leth den luchd-obrach a fhreagair an sgrùdadh luchd-obrach againn gu robh làn aire ga thoirt do bheachdan cloinne, dhaoine òga, phàrantan, theaghlaichean no luchd-obrach nuair a bhathas a' dealbhadh sheirbheisean aig ìre ro-innleachdail.

Chaidh an dreachd phlana seirbheis chloinne amalaichte gnàthach a leasachadh le glè bheag de luchd-dèiligidh a bhith an sàs. Bha dùil aig com-pàirtichean an dreachd phlana as ùire a chleachdadh mar phàipear obrach a dheidheadh a roinneadh le clann, daoine òga agus teaghlaichean gus am beachdan fhaighinn agus èisteachd ris na fiosan air ais aca. Thèid aire a thoirt don seo anns an dreachd mu dheireadh den phlana. Lorg sinn gu robh com-pàirtichean a' gealltainn a bhith ag àrdachadh dol an sàs gu gnìomhach agus bha iad mothachail gu robh feum aca air dol an sàs agus com-pàirteachadh gu h-èifeachach airson a h-uile neach-dèiligidh.

Bha a' Chomhairle agus na compàirtichean dealbhaidh coimhearsnachd aca air aithneachadh gu feumadh iad beachdan chloinn is dhaoine òga a bha fo chùraim a shireadh gus fiosrachadh nas fheàrr a thoirt don dleastanas aca mar phàrantan corporra. Bha tachartas o chionn ghoirid na thoiseach-tòiseachaidh gealltanach. Le

taic bhon bhuidheann treas roinn Who Cares? Scotland, choinnich buidheann de dhaoine òga agus luchd-fàgail cùraim a bha fo chùraim, agus bha iad toilichte am beachdan a thoirt gu dìreach do dh'àrd oifigearan ann an diofar sheirbheisean. Gu drùidhteach, bha daoine òga air Curaidh Òg na Comhairle a thaghadh. Thug seo dleastanas sònraichte do dhaoine òga ann a bhith a' taghadh ball taghte gus na beachdan aca a riochdachadh aig ìre na Comhairle. Bha buill den Chomhairle Òigridh air a bhith ag iomairt mu chuspairean nas fharsainge a bha a' toirt buaidh air ruigsinneachd dhaoine òga air seirbheisean, nam measg cosgais còmhhdail àrd.

Bha an Co-obrachail Tràth-ìrean air cuideachadh le bhith a' leasachadh dhàimhean nas làidire eadar sheirbheisean agus a' toirt misneachd do bharrachd luchd-dèiligidh gus cuideachadh le bhith a' toirt cumadh air leasachadh seirbheis is lìbhrigidh. Bha cothrom aig an seo spionnadh a thoirt do bhith a' toirt luchd-dèiligidh an sàs nas doimhne ann an leasachadh seirbheis. Bha leasachadh Fòram Treas Roinn air a bhith na cheum adhartach ann a bhith ag àrdachadh an dòigh san robh iad an sàs ann an leasachadh seirbheis gus coinneachadh ri feumalachdan ionadail.

Bha clann is daoine òga a bha fo chùraim a' fàs nas fhiosrachail mu na còraichean aca tro obair Who Cares? Scotland. Anns a' mhòr-chuid de na claran a leugh sinn, far an robh sin iomchaidh, bha an leanabh no an duine òg air taic èifeachdach fhaighinn gus a bhith a' tuigse agus a' cur nan còraichean aca an gnìomh. Bha barrachd sheirbheisean comhairleachaidh rim faighinn agus iad fosgailte do chloinn is dhaoine òga. Ach a dh'aindeoin sin, bha com-pàirtichean ag aithneachadh gu robh feum aca air adhartas a dhèanamh ann a bhith a' brosnachadh chòraichean cloinne gu h-èifeachdach. Cha robh mothachadh mu chòraichean cloinne fhathast mar phàirt de ro-innleachd brìgheil a' toirt a-steach chloinn is dhaoine òga gu lèir. Mar thoradh air an seo cha robh cuid de dhaoine òga mothachail gu leòr air na còraichean aca no far am faigheadh iad a-mach mun deidhinn. Bha dìreach aon sgoil ann an Eilean Siar a bha na sgoil spèis chòraichean le creideas.

6. Dè cho math 's a tha ceannardas is stiùireadh sheirbheisean do chloinn is dhaoine òga?

Tha an roinn seo mu dheidhinn na h-ìre gu bheil stiùireadh co-obrachail ag adhartachadh bhuilean airson cloinn, dhaoine òga agus theaghlaichean. Tha a' toirt seachad bheachdan air èifeachdas na lèirsinn roinnte, luachan is amasan, ceannardas is stiùireadh agus ceannardas dhaoine. Tha e cuideachd a' sgrùdadh cho math sa tha stiùirichean a' gluasad adhartas is atharrachadh air adhart.

Bha laigse ann an ceannardas adhartais agus atharrachaidh. Ged a lorg sinn cuid de neartan, bha cuid de phrìomh raointean dèanadas a bha math gu leòr airson na h-eòlasan aig, agus builean chloinn, dhaoine òga agus na teaghlaichean aca a lughdachadh ann an dòighean susbainteach. Bha lèirsinn roinnte aig a' Chom-pàirteachadh Dealbhaidh Coimhearsnachd agus, gu h-iomlan, thug na prìomhachasan ainmichte aca deagh aire do gach cuid prìomhachasan nàiseanta agus an co-theacsa ionadail. Bha cuid de dh'èisimpleirean cudromach ann de stiùirichean a bha a' ceadachadh tasgadh iomchaidh gus taic a thoirt do choileanadh nan amasan aca. Ach, bha prìomh raointean ann far nach robh stiùirichean fhathast air stiùireadh is dealas iomchaidh a thoirt seachad gus adhartas fhaighinn luath gu leòr, a' toirt a-steach cuir modhan-obrach ùr a bha riatanach gu reachdail, an gnìomh. Bha dealbhadh coimhearsnachd a-nis ann an Eilean Siar a' tòiseachadh ag adhartachadh ach bha astar fhathast ri dhol airson co-obrachadh èifeachdach a thoirt gu buil ann a bhith ag aithneachadh agus a' coinneachadh ri feum agus ann an dealbhadh ionmhasail airson seirbheisean amalaichte. Bha dìth comas aig ìre ro-innleachdail fhathast na fhìor dhùbhlán. Bha dealasachd air ath-ùrachadh a dh'ionnsaigh adhartas leantainneach agus deòndas a bhith an sàs le co-chomhairleachadh neo-eismeileach timcheall raon de chuspairean cuideachail ach bha feum aig com-pàirtichean a-nis seo a thoirt chun ath ìre agus na modhan-obrach seasmhach aca fhèin a dh'ionnsaigh adhartas leantainneach a leasachadh. Bha feum air adhartasan dòchasach ann an obair na Buidhne Àrd Oifigearan (dìon poblach) a bhith air am maidseadh le co-obrachadh na b'fheàrr eadar stiùirichean ro-innleachdail, gu sònraichte eadar an NHS agus a' Chomhairle, gus lìbhrigeadh seirbheis ùrachadh agus an cleachdadh as fheàrr a dhèanamh de ghoireasan trusaidh.

Bha a' Chom-pàirteachadh Dealbhaidh Coimhearsnachd a' roinneadh an lèirsinn aca airson nan toraidhean as fheàrr a bha comasach a choileanadh airson cloinn is daoine òga tron Chòrdadh Singilte Bhuilean. Bha ceanglaichean soilleir stèidhichte eadar lèirsinn, luachan is amasan a' Chom-pàirteachadh Dealbhadh Coimhearsnachd, agus na toraidhean is prìomhachasan ionadail aca. Thug na toraidhean agus na prìomhachas sin deagh aire do phrìomhachasan nàiseanta agus cho-theacsan ionadail.

Bha modhan-obrach airson an leirsinn a leasachadh air a bhith nas co-obrachail thar ùine. Bha deagh chothrom ann fhathast, ge-ta, don chom-pàirteachadh an lèirsinn aca a thaisbeanadh nas soilleire agus gus dèanamh cinnteach gu robh a h-uile neach-obrach eòlach air agus a' roinneadh an lèirsinn aca. Cha robh targaidean dèidheil, mar a chaidh am mìneachadh anns a' Chòrdadh Singilte Bhuilean, fhathast sònraichte no air an tomhas gu ìre gu leòr.

Sheall com-pàirteachan dealbhaidh coimhearsnachd dealasachd làidir don Cho-obrachail Tràth-ìrean agus an fheum air prìomhachas a thoirt do chasg is eadar-theachd thrath. Bha e na phrìomh fhòcas don t-Seirbheis Thràth Bhliadhnaichean a bhith a' brosnachadh tapachd, leasachadh fhallain agus casg air duilgheadasan a dh'fhaodadh clann is teaghlachan a stiùireadh gu bhith a' feumachdainn taic a bharrachd air ìre nas fhaide air adhart. Bhathas air tasgadh mòr a dhèanamh ann am fastadh agus trèanadh dha luchd-cùraim cloinne agus luchd-obrach tràth bhliadhnaichean. Bha modhan-obrach as fheàrr air fèin-mheasadh air cuideachadh le bhith a' togail aire chun fheum air aire dhìreach (agus ionmhas) a thoirt gu bhith a' dèiligeadh ri reamhrachd agus ana-cleachdadh deoch làidir. Bha an com-pàirteachadh a' faicinn obair gus dèiligeadh ri bochdain (a' toirt a-steach bochdain connaidh) agus solarachadh taigheadas cheart mar phrìomh cheumannan casg airson a bhith a' dèiligeadh ri ana-cothrom shòisealta agus beàrnan toraidh a dhùnadh.

Bha cuid de mhodhan-obrach adhartach o chionn ghoirid do dhealbhadh coimhearsnachd ann an Eilean Siar a' tòiseachadh a' toirt buaidh adhartach air càileachd chom-pàirtichean aig ìre ro-innleachdail. A-nis tha barrachd eisimpleirean ann de obair air a cho-stiùireadh ged a mhair mòran atharrachaidh anns an ìre de cho-obrachadh thar nam buidhnean toraidh com-pàirteachais dealbhaidh coimhearsnachd.

Bha poileasaidh in-ghabhail na Seirbheis Foghlaim stèidhichte air clann agus bha e a' brosnachadh tràth-thaic, obair com-pàirteachaidh, eadar-theachd ìreil agus modh-obrach sùbailte a thaobh clann is daoine òga. Thug seo a-steach an fheadhainn a bha fo chùraim a dh'fhaodadh a bhith air briseadh air falbh bho fhoghlaim. Bha feum aig manaidsearan a-nis air a' phoileasaidh seo ùrachadh gus aire nas motha a thoirt do chomhairle nàiseanta gnàthach, do reachdas agus do fhrèaman-obrach dèanadais.

Cha robh ro-innleachd pàrantachadh corporra suidhichte agus chaidh aideachadh gu robh seo air leasachadh dleastanas is obair phàrant corporra a chuingealachadh. Cha robh ach ìre bheag de thuigse air na dleastanasan sònraichte aig pàrantan corporra, a thàinig gu bhith nan dleastanasan reachdail air 1 Giblean 2014, am measg luchd-dèiligidh. Bha dìth comais taobh a-staigh tadhal slàinte a' ciallachadh nach robh an t-seirbheis slàinte gu tur comasach air an t-seirbheis neach ainmichte a' làn choileanadh (Tha sinn a' toirt iomradh air an seo nas tràithe san aithisg seo).

Bha feum air a' phlana seirbheisean chloinne amalaichte a bhith air a chleachdadh mar mheadhan gus feartan co-ionannachd is in-ghabhail a bhrosnachadh, mar eisimpleir, ann a bhith a' dèiligeadh ri cur an-aghaidh fearas-feise agus burraidheachd fearas-feise. Bha mòran de dh'eadar-dhealachaidhean cruinn-eòlach sònraichte ann a bhith a' faighinn sheirbheisean. Mar thoradh air an seo, cha robh na h-aon ìrean agus càileachd de sholarachaidh rim faighinn gu seasmhach agus gu h-ionannach air feadh na h-eileanan.

Bha a' Chom-pàirteachadh Dealbhaidh Coimhearsnachd glè thaiceil don Cho-obrachail Tràth-ìrean, ga aithneachadh gu robh e mar stuth-catailis airson co-obrachadh nas fheàrr ann an Eilean Siar. Le bhith ag obair còmhla air a' Cho-obrachail bha sin air mothachadh nan com-pàirtichean àrdachadh mu na dleastanasan fa-leth aca, air dàimhean nas fheàrr àrdachadh agus air an

cuideachadh gu bhith ag aithneachadh nan comasan mòra a tha an cois co-obrachadh.

Bha dealbhadh ionmhasail airson seirbheisean amalaichte aig ìre leasachaidh a bha caran tràth. Bha atharrachaidhean sònraichte ann an ro-innleachdan dealbhaidh ionmhasail thar nam buidhnean com-pàirteachaidh agus cha robh co-rèiteachadh a thaobh buidseitean fhathast daingnichte gu ìre a bha math gu leòr.

Bha e na phrìomh dhùbhlann fhathast a bhith a' lorg comas-obrach gu leòr aig ìre ro-innleachdail. Bha e do-sheachanta ann an sgìre cho beag, gu robh comas stiùiridh ro-innleachdail air a chuingealachadh leis an fheum a bha aig àrd mhanaidsearan dleastanasan gnìomha a ghiùlan. Bha mòran de phrìomh dhreuchdan gnìomh agus ro-innleachdail thar sheirbheisean falamh no air an lìonadh le daoine a bha san dreuchd gu h-eadar-amail. Chuir seo ri luaths atharrachaidh a bha slaodach. Bhathas a' cleachdadh gu math comhairlichean le mòr-spèis bho air feadh na dùthcha gus tomhas de thaic chuideachail a thoirt do luchd-obrach, a' toirt seachad tomhas de mhisneachd agus eòlas bhon taobh a-muigh ann an rèiteachadh fèin-mheasaidh agus ann an ath-sgrùdaidhean cùise sònraichte. Ged a bha adhartas slaodach ann a bhith a' leasachadh Plana Sheirbheisean Chloinne Amalaichte, bha buannachd air fhaighinn bho thaic o chionn ghoirid bho chomhairliche bhon taobh a-muigh. Tha e cudromach gun urrainn dha com-pàirtichean an ceum seo a thoirt chun ath ìre agus na modhan-obrach seasmhach aca fhèin a leasachadh a dh'ionnsaigh adhartas leantainneach.

Bha com-pàirtichean a' tòiseachadh air a bhith a' leasachadh geallaidh nas làidire agus roinnte a dh'ionnsaigh adhartas leantainneach. Thairis air seirbheisean, bha luchd-obrach a' gealltainn a bhith a' leasachadh nan sgilean proifeasanta aca fhèin. Bha com-pàirtichean a' leasachadh cheanglaichean le coimhearsnachdan eileanach eile a thaobh slatan-tomhais; a' roinneadh deagh chleachdadh agus a' leasachadh fhuasglaidhean mu dhùbhlannan roinnte. Ann an grunn sheirbheisean chleachd luchd-obrach prìomh thomhasan coileanadh agus cuimsean càileachd a thug fiosrachadh dhaibh mu cho math 's a bha na seirbheisean sin a' coileanadh. Ach, gu h-ìomlan, thar nan com-pàirtichean gu lèir, bha gainead de dhàta làidir gus cuideachadh le fianais mu adhartasan ann an coileanadh. Bha feum aig gnìomhachd fèin-mheasaidh air fòcas nas làidire air toraidhean agus a bhith air am measadh mu choinneimh amasan nas soilleire agus nas sònraichte.

Bhathas air beachdachadh faiceallach a thoirt do dhreuchd Àrd Oifigear na h-Obrach Shòisealta san àm ri teachd a tha cudromach do cheannardas proifeasanta na h-obrach shòisealta, taobh a-staigh Sheirbheisean Foghlaim is Chloinne agus a' Chom-pàirteachadh Slàinte is Cùram Sòisealta. Bha Àrd-oifigear na Comhairle air gealltainn gun toirear aithne do chleachdadh proifeasanta na h-obrach shòisealta agus àite cheart a thoirt dha air feadh gach cuid seirbheisean cloinne is inbhich. Bha an Àrd-oifigear Obair Shòisealta gu bhith a' leigeil dheth a dhreuchd sa Mhàrt 2016. Leis an eachdraidh a bha ann de fhìor dhuilgheadasan mu bhith a' fastadh mhanaidsearan le teisteanasan obair shòisealta, bha fhathast mì-chinnt ann mu cheannardas proifeasanta na h-obrach shòisealta san àm ri teachd anns na h-Eileanan an Iar.

Thairis air na mìosan o chionn ghoirid, bha beagan adhartas air nochdadh ann an èifeachdas na Buidhne Àrd-oifigearan, le prìomh oifigearan bho bhuidhnean

buntainneach a' tòiseachadh a' frithealadh nas trice. Ach a-mhàin o chionn ghoirid, cha robh làthaireachd idir gu tric agus earbsach. Bha a' Buidheann Àrd-oifigearan a-nis le modh-obrach nas co-obrachail mu bhith a' tional agus a' cleachdadh dàta agus a' mhodh-obrach aca mu dhìon poblach a neartachadh. Bha plana gnìomh dìon poblach àrd-oifigearan nas dòchasaich a-nis air a shuidheachadh. Bha lèirmheasan structaran o chionn ghoirid air leantainn gu ceanglaichean nas fheàrr eadar buidheann nan àrd-oifigearan, a' chom-pàirteachadh deoch làidir is dhrogaichean agus an fhòram mì-ghnàthachadh dachaigheil. Ge-tà, bha na leasachaidhean sin, ged a bha iad dòchasaich, fhathast uile aig tràth ìre.

Bha fhathast mòran dhùbhlannan ann mu atharrachadh ath-dhealbhadh. Às aonais sealladh farsaing air feumalachdan chloinne is dhaoine òga, stèidhichte air measadh ro-innleachdail domhainn, làidir, bha e duilich a bhith gu cinnteach a' briseadh sìos obair 'silo'. A dh'aindeoin 's gu robh dàimhean obrach math thar sheirbheisean aig a' ghrunnd bha na bu lugha de dh'fhianais de dh'obair com-pàirteachadh èifeachdach co-chosmhail eadar stiùirichean ro-innleachdail. Bha fìor fheum air adhartas ann an obair com-pàirteachaidh eadar an NHS agus a' Chomhairle aig àrd ìre gus libhrigeadh seirbheis ùrachadh agus dèanamh cinnteach gum biodh goireasan trusaidh air an cleachdadh nas èifeachdaich.

7. Co-dhùnadh, raointean de neartan sònraichte agus raointean airson adhartais

Tha luchd-sgrùdaidh misneachail gu bheil beathan mòran chloinne agus dhaoine òga a tha a' fàs suas ann an Eilean Siar a' fàs nas fheàrr mar thoradh air seirbheisean a chaidh a libhrigeadh leis a' Chom-pàirteachadh Dealbhaidh Coimhearsnachd. Sheall staitistigs a chaidh fhoillseachadh gu nàiseanta gluasadan adhartach ann an slàinte cloinne, coileanadh foghlaim agus cinn-uidhe adhartach airson luchd-fàgail na sgoile. Bhathas a' toirt deagh chuideachadh do chloinn is dhaoine òga airson a bhith sàbhailte, àraichte, gnìomhach, airidh air spèis, earbsach agus air an toirt a-steach mar thoradh air a' chuideachadh a thug luchd-obrach dealasach agus co-fhreagarrach thar nan seirbheisean, seachad. Bha clann is daoine òga a bha feumach air dìon air an cumail sàbhailte mar thoradh air gnìomh ioma-bhuidhneil sgiobalta anns cha mhòr a h-uile cùis. Bha am modh-obrach Ceartas do gach pàiste le bhith a' solarachadh tuigse agus cànan roinnte, a' cuideachadh luchd-obrach air a' ghrunnd a bhith ag obair còmhla nas èifeachdaiche gus taic a thoirt do theaghlaichean so-leònte agus ag adhartachadh sunnd na cloinne. Bha luchd-obrach a' fàs nas misneachaile ann a bhith a' cleachdadh chomharran sunnd agus bha seo gu tric ga dhèanamh comasach dhaibh taic iomchaidh a bharrachd a sholarachadh do chloinn aig tràth ìre. Gu mì-fhortanach bha dìth comas taobh a-staigh na seirbheis tadhail slàinte a' cuingealachadh chothroman air a bhith ag aithneachadh na cloinne sin agus na teaghlaichean sin a dh'fhaodadh a' bhuannachd as motha fhaighinn bho tràth-thaic a bhiodh èifeachdach. A dh'aindeoin na geallaidhean aig com-pàirtichean a thaobh tràth-thaic is èifeachdach, cha robh iad fhathast comasach sealltainn gu robh a' mhodh-obrach aca soirbheachail ann a bhith a' dùnadh bheàrnan buileachadh agus a' lughdachadh neo-ionannachdan.

Ged a bha modhan-obrach adhartach o chionn ghoirid airson dealbhadh coimhearsnachd a' tòiseachadh a' dèanamh adhartas ann an càileachd chom-pàirteachasan aig ìre ro-innleachdail, bha feum fhathast air leasachadh sònraichte. Bha co-obrachadh cuibhrichte air cuir ri pàrantachadh corporra air nach deach mòran leasachadh a dhèanamh a bha a' toirt buaidh air na cothroman beatha aig clann, daoine òga agus luchd-fàgail cùraim a bha fo chùraim. Bha seo ri fhaicinn ann an toraidhean droch fhoghlaim is slàinte airson clann fo chùraim agus barrachd dìth-dachaigh dha luchd-fàgail cùraim. Ged a bha leasachaidhean dòchasach o chionn ghoirid ann an co-dhealbhaidh sheirbheisean cloinne, às aonais co-mheasadh ro-innleachdail air feumalachdan, chan urrainn do chom-pàirteachan a bhith cinnteach gu bheil an cothromachadh sheirbheisean ceart ann gus coinneachadh ri feuman gnàthach agus na tha a' togail ceann.

Fhad 's a bha an sgrùdadh againn a' dol air adhart dh'aithnich sinn grunn neartan sònraichte a bha a' dèanamh eadar-dhealachadh sònraichte do chloinn is dhaoine òga anns na h-Eileanan an Iar. B'iad sin:

- Cho deònach 's a bha luchd-obrach "*barrachd oidhirp a dhèanamh*", ag obair thairis air na h-uairean aontaichte aca agus gu sùbailteach a bhith a' toirt taic shònraichte seachad do theaghlaichean. Chuir seo ris na h-ìrean àrd de dh'earbsa a chuidich pàrantan gu bhith a' cleachdadh sheirbheisean agus a rinn atharrachadh comasach.

- Aire fhaiceallach don cho-theacsa ionadail anns na h-Eileanan an Iar. Comharrachadh cànan, cultar is traidisean ciùil na Gàidhlig a bhrosnaich dearbh-aithne roinnte agus mothachadh de bhuinteanas am measg mòran chloinn, dhaoine òga agus theaghlaichean.
- Ath-dhealbhadh a' churraicealam timcheall air comas-obrach a bha a' cur ris na h-àireamhan àrd de luchd-fàgail na sgoile a chaidh gu cinn-uidhe adhartach. Mar thoradh air beàrn a bha a' fàs ann an sgilean dhaoine òga bhathas gam brosnachadh gus beachdachadh air cùram slàinte is sòisealta mar chùrsa-beatha agus a' toirt taic dhaibh gus teisteanasan obrach a choileanadh. Bhathas air teisteanasan obrach ann an sgilean traidiseanta leithid croitearachd a leasachadh gus roghainnean eile a thoirt do dhaoine òga agus taic a thoirt do ghnìomhachas ionadail.

Bu chòir a' Chom-pàirteachadh Dealbhaidh Coimhearsnachd a-nis:

- Dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh ceart is ùraichte mu sheirbheisean ri fhaighinn gu furasta le dotairean-teaghlaich, luchd-tadhail slàinte, luchd-obrach shòisealta agus luchd-obrach eile a bharrachd air teaghlaichean.
- Sùil èiginneach a thoirt air fìor ghainead luchd-tadhail slàinte.
- Co-mheasadh ro-innleachdail a dhèanamh air feumalachdan gus dèanamh cinnteach gu bheil cothromachadh ceart ann de sheirbheisean farsaing, targaidte agus sònraichte gus coinneachadh ri feumalachdan gnàthach agus na tha a' togail ceann mu chloinn, dhaoine òga is theaghlaichean ann an Eilean Siar.
- Ag obair còmhla gus tional dàta thar chom-pàirtichean adhartachadh gus ceumannan a sholarachadh de ghluasadan adhartach tro chasg is tràth-thaic, tro thoraidhean do chloinn is dhaoine òga agus na cothroman beatha a tha aig clann is daoine òga so-leònte.
- Dèiligeadh ris na cnapan-starra gnàthach de chom-pàirteachadh èifeachdach aig ìre ro-innleachdail.

8. Dè thachras a-nis?

Iarraidh Coimisean a' Chùraim gun tèid co-phlana gnìomh a sholarachadh a bheir cunntas gu soilleir air mar a nì Com-pàirteachadh Dealbhaidh Coimhearsnachd Innse Gall adhartasan anns na prìomh raointean a chaidh aithneachadh leis an luchd-sgrùdaidh. Ged a tha sinn misneachail gu bheil ùidh ag compàirtichean a bhith a' dèanamh adhartasan, tha sinn den bheachd gu feum iad taic airson sin a dhèanamh. Beachdaichidh Coimisean a' Chùraim agus buidhnean eile a bha a' gabhail pàirt san sgrùdadh seo leis a' Chom-pàirteachadh air an dòigh as fheàrr a bheir iad taic do dh'adhartas agus aontaichidh iad pròiseas gus sùil a chumail air an adhartas aca ann a bhith a' toirt a' phlana gnìomh seo air adhart. Foillsichidh Coimisean a' Chùraim ath-sgrùdadh foirmeil de adhartas a' Chom-pàirteachaidh taobh a-staigh 18 mìos bho thèid an aithisg seo fhoillseachadh.

Pàipear-taice 1: Eisimpleirean de dheagh chleachdaidhean

Ann an gach sgrùdadh bidh sinn a' faighneachd do chom-pàirtichean eisimpleirean de dheagh chleachdadh ainmeachadh as urrainn a shealltainn a thug buaidh adhartach air beathan chloinne, dhaoine òga is theaghlaichean. Tron sgrùdadh, tha sinn a' dèanamh measadh air na h-eisimpleirean sin agus a bhith ag aithneachadh an fheadhainn a tha sinn a' smaoineachadh a bhiodh feumail do chom-pàirteachaidhean dealbhadh coimhearsnachd air feadh na h-Alba. Tha sinn a' moladh na h-eisimpleirean a leanas:

Cool2talk, Na h-Eileanan an Iar

Is e làrach-lìn eadar-ghnìomhail a th'ann an 'Cool to talk' far am faigh daoine òga freagairt onarach is cinnteach mu choinneimh cheistean co-cheangailte ri slàinte. Bheir an làrach seachad faochadh, brosnachadh, fiosrachadh agus comhairle a thaobh cuspair sam bith co-cheangailte ri slàinte agus, ma tha feum, stiùireadh a dh'ionnsaigh seirbheisean iomchaidh ionadail no nàiseanta. Is ann air daoine òga de aois 12-20 bliadhna a tha an làrach ag amas mar luchd-èisteachd. Tha an làrach air a bhith a' dol ann an Taobh Tatha airson na deich bliadhna a dh'fhalbh agus thathas air fhaighinn anns na h-Eileanan an Iar bho 2012.

Bha com-pàirtichean ann an Eilean Siar draghail mu na dìth chothroman a bh'aig daoine òga air fiosrachadh dìomhair fhaighinn agus dh'fheuch iad air dòighean ùra a lorg gus an fhiosrachadh deatamach a thoirt seachad do dhaoine òga agus taic a thoirt dhaibh ann an sgìre iomallach is dùthchail. Bha iad mothachail bho dhàta nàiseanta gu robh daoine òga ag iarraidh cothrom air fiosrachadh agus taic fhaighinn. Dh'aithnich iad NHS Taobh Tatha mar chom-pàirtiche a dh'fhaodadh a bhith aca a bha mu thràth a' tabhann seirbheis air-loidhne agus chaidh seo a shìneadh a-mach gu soirbheachail gu na h-Eileanan an Iar ann an 2012.

Chaidh an t-seirbheis a bhrosnachadh gu soirbheachail agus tha daoine òga gu mòr ga chleachdadh anns na h-Eileanan an Iar. Bidh mòran a' tadhal air Cool2talk leis gu bheil àrdachadh mothachaidh a' leantainn am measg dhaoine òga agus luchd-obrach a tha an sàs le daoine òga, agus seiseanan trèanaidh cunbhalach le luchd-obrach. Bidh com-pàirtichean a' cumail sùil air cleachdadh an làrach-lìn agus a' toirt fios air ais do luchd-leasachaidh na seirbheis mu chuspairean dragh gnàthach am measg dhaoine òga. Bithear ag iarraidh air proifeasantaich sgrùdadh a dhèanamh air taghadh de cheistean gach bliadhna.

Tha an t-seirbheis a' lìonadh beàrn mhòr dha daoine òga a tha a' fuireach ann an sgìre dhùthchail far nach urrainn dhaibh an-còmhnaidh a bhith misneachail a thaobh a bhith gun urra. Tha daoine òga a' faighinn an cothrom a bhith a' beachdachadh air cuspair no dragh agus aig an aon àm a bhith gun urra agus le dìomhaireachd nach urrainn ach an eadar-lìon a thoirt seachad. Tha iad a' faighinn stiùireadh agus taic gus faighinn gu seirbheisean aig ìre ionadail no nàiseanta mas e sin an toil.

Leis gu bheil cuid mhath a' roghnachadh na seirbheis agus gu bheileas a' cumail sùil air ìre cleachdaidh tha sin ag innse gu bheil daoine òga ag àrdachadh an cuid eòlais air cuspairean slàinte agus sunnd. Tha fios air ais air a bhith gu math adhartach.

Croitear Og/Sgoil Bhàgh a' Chaisteal le Beatha Innse Gall

Thòisich Beatha Innse Gall (Hebridean Living), a tha a' toirt a-steach Croitear Òg, mar phròiseact ùr dà bhliadhna gus sgoilearan a bhrosnachadh gu bhith ag ionnsachadh tro bhith an sàs leis na gnìomhachasan dùthchasach gnàthach iasgach is croitearachd. Chaidh an com-pàirteachadh sònraichte seo a leasachadh mar thoradh air fios air ais bho dhaoine òga tro sgrùdadh coimhearsnachd.

Tha e air ceanglaichean gu math èifeachdach is seasmhach a dhèanamh leis na gnìomhachasan ionadail croitearachd is iasgach. Tha an com-pàirteachadh seo air nochdadh eòlas adhartach am measg thagraichean a thaobh foghlam agus trèanadh, faighinn sgilean beatha luachmhor, obair sgioba nas adhartach, fèin-spèis nas motha agus leasachadh air lìonrathan sòisealta nas fharsainghe. Bha gnìomhachd dhaoine ionadail ann an iasgach, croitearachd, gnìomhachas no tachartasan coimhearsnachd air ionnsachadh eadar-ghinealach chudromach a bhrosnachadh. Ma tha a' choimhearsnachd ionadail an sàs agus mar làn chom-pàirt de bhith a' comharrachadh coileanadhean dhaoine òga tha sin na phrìomh phàirt de shoirbheachas is seasmhachd na h-iomairt seo. Choilean iad duais Rionnag SQA Com-pàirteachadh na Bliadhna 2014.

Rinn daoine òga aithris gu robh iad air caraidean ùra a dhèanamh, gu robh adhartas nan cuid misneachd agus gu robh iad air sgilean ùra a leasachadh mar thoradh air a' ghnìomhachd a leanas:

- A' còmhachadh chliabhan giomaich. Chaidh na cliabhan an cleachdadh gus maorach a bhuain airson an reic sa choimhearsnachd ionadail, a' leasachadh an tuigse aca air an luach eaconamach a tha aig iasgach don choimhearsnachd.
- A' togail sgoth, bàta iomradh traidiseanta airson iasgach a chaidh a thaisbeanadh le pìobaireachd tron bhaile.
- A' dèanamh gruth is maragan dubha, a' leasachadh tlachd a thaobh sgilean traidiseanta agus àiteachas bheathaichean.
- A' planntachadh, a' fàs agus a' reic bhuntata.
- A' reic an toradh a rinnear aig Taisbeanadh Toraidh Ionadail Bharraigh is Bhatarsaigh agus anns a' bhùth ionadail Bùth Bharraigh.
- Sgioblachadh an eilean - a' cruinneachadh sgudail agus stuthan a thàinig air tìr agus air oirean rathaid fad mhìosan a' gheamhraidh agus mus do thòisich ràithe nan luchd-turais, a' daingneachadh cho cudromach sa tha ceud bheachdan agus turasachd don eaconamaidh ionadail.
- Chuir tursan còmhnaidh gu tìr-mòr ri bhith a' leasachadh sgilean beatha neo-eisimeileach. Mar eisimpleir o chionn ghoirid fhritheal buidheann de sgoilearan S1/2 rop chruidh ann an Dail Mhàillidh.

Pàipear-taice 2: Slatan-tomhais deagh-ghnè

Tha comharran càileachd a' cuideachadh ionadan, ùghdarrasan foghlaim agus luchd-sgrùdaidh a' breithneachadh dè tha math agus dè dh'fheumas a bhith air adhartachadh. Anns an sgrùdaidh seo chleachd sinn dreachd de fhrèam-obrach de chuimsean càileachd a chaidh fhoillseachadh le Coimisean a' Chùraim san Dàmhair 2012. *'Dè cho math 's a tha sinn ag adhartachadh bheathan chloinne, dhaoine òga is theaghlaichean? lùil airson a bhith a' measadh sheirbheisean do chloinn, dhaoine òga a' cleachdadh chuimsean càileachd'*. Gheibhear am pàipear seo air làrach-lìn Coimisean a' Chùraim.

'S iad seo na measaidhean airson naoi de na cuimsean càileachd.

<i>Dè cho math 's a tha piseach a' tighinn air beathan chloinne agus dhaoine òga?</i>	
Ag adhartachadh sunnd do chloinn agus dhaoine òga	Iomchaidh
Buaidh air clann agus daoine òga	Math
Buaidh air teaghlaichean	Math
<i>Dè cho math 's a tha com-pàirtichean ag obair còmhla gus adhartas fhaighinn ann am beathan chloinne, dhaoine òga is theaghlaichean?</i>	
A' toirt seachad cuideachadh is taic aig ìre thràth	Iomchaidh
A' measadh agus a' freagairt chunnartan agus fheumalachdan	Math
A' dealbhadh airson clann fa-leth	Math
A' dealbhadh agus ag adhartachadh sheirbheisean	Lag
Com-pàirteachadh na cloinne, dhaoine òga, theaghlaichean agus luchd-dèiligidh eile.	Iomchaidh
<i>Dè cho math 's a tha ceannardas agus stiùireadh sheirbheisean do chloinn is dhaoine òga?</i>	
Ceannardas air leasachadh agus atharrachadh	Lag

Tha an aithisg seo a' cleachdadh an sgèile fhacail a leanas gus na breithneachaidhean a rinn an luchd-sgrùdaidh a shoilleireachadh.

Sàr mhath	sònraichte math, air thoiseach san earrann seo
Fìor mhath	neartan mòra
Math	neartan cudromach le cuid de raointean airson leasachadh
Iomchaidh	neartan dìreach os cionn laigsean
Lag	laigsean cudromach
Neo-thaitneach	laigsean mòra

Pàipear-taice 3: Na briathran a tha sinn a' cleachdadh san aithisg seo

Is e an Com-pàirteachadh Dealbhaidh Coimhearsnachd ionadail do sgìre Chomhairle nan Eilean Siar a th'ann an **Com-pàirteachadh Dealbhaidh Coimhearsnachd Innse Gall**. Tha e a' toirt a-steach riochdairean bho phrìomh ionadachd is bhuidhnean bhon phoball, a' choimhearsnachd, an roinn saor-thoileach is phrìobhaidich. Tha an com-pàirteachadh ag obair còmhla gus seirbheisean anns na h-Eileanan an Iar a dhealbhadh agus an libhrigeadh.

Is e aonta eadar Riaghaltas na h-Alba agus Com-pàirteachaidhean Dealbhaidh Coimhearsnachd a tha anns a' **Chòrdadh Singilte Bhuilean** a tha a' stèidheachadh mar a bhios iad ag obair gus adhartas fhaighinn air toraidhean dha muinntir na h-Alba a bhios a rèir shuidheachaidhean agus prìomhachasan ionadail.

Tha **Plana Sheirbheisean Cloinne Amalaichte** airson seirbheisean a tha ag obair le clann is daoine òga. Bidh e a' stèidheachadh prìomhachasan airson lèirsinn a choileanadh do chloinn is dhaoine òga agus na dh'fheumas seirbheisean a dhèanamh còmhla gus iad sin a choileanadh.

Bidh a' **Chomataidh Dìon Chloinne** a' toirt còmhla gach buidheann a tha an sàs ann a bhith a' dìon chloinn anns an sgìre. Is e an adhbhar aca dèanamh cinnteach gum bi seirbheisean ionadail ag obair còmhla gus clann a dhìon bho mhì-ghnàthachaidh agus an cumail sàbhailte.

Is e **Ceartas do gach pàiste** modh-obrach Riaghaltas na h-Alba gus dèanamh cinnteach gum faigh gach leanabh is duine òg an cuideachadh a dh'fheumas iad nuair a tha feum aca air. Tha ochd cuimsean sunnd ann agus is iad sin a bhith sàbhailte, fallain, a' coileanadh, a bhith àraichte, gnìomhach, a' faighinn spèis, earbsach agus a bhith air an toirt a-steach. Tha iad sin a' toirt seachad dòigh aontaichte airson a bhith a' tomhas na tha leanabh a' feumachdainn gus na comasan aca a ruighinn. www.scotland.gov.uk/gettingitright

Chaidh an **Co-obrachail Tràth-ìrean** a chuir air bhog le Riaghaltas na h-Alba san Dàmhair 2012 le taic bho NHS na h-Alba, Co-bhanntachd Ùghdarrasan Ionadail na h-Alba (COSLA) agus Seirbheis Poileis na h-Alba. Is e prògram ioma-bhuidhneil, ionadail, adhartas càileachd a th'ann air a libhrigeadh aig ìre nàiseanta le fòcas air an toradh nàiseanta, gu bheil an toiseach-tòiseachaidh as fheàrr aig a' chlann againn agus iad deiseil airson soirbheachadh.

Is e siostam fiosrachaidh riaghlaidh a th'ann an **SEEMiS** a tha seirbheisean Foghlaim anns gach Comhairle an Alba a' cleachdadh.

Is e dòigh a th'ann an **Tràth-thaicean Goirid Deoch Làidir** a thathas a' cleachdadh gus atharrachadh a thoirt air adhart ann an ìrean cunnartach ana-cleachdadh deoch làidir. Bidh e ag obair le bhith a' toirt air daoine òga smaoineachadh ann an dòigh eadar-dhealaichte mu bhith a' cleachdadh deoch làidir gus an tòisich iad a' smaoineachadh no a bhith a' dèanamh atharrachadh anns na tha iad ag òl de dheoch làidir.


Is e ionad òigridh tadhal a-staigh do chloinn 12-15 bliadhna ann an Steòrnabhagh a th'ann am **Pointers** agus tha e air a mhaoineachadh le Comhairle nan Eilean Siar.

Tha an **duais sgoiltean le spèis do Chòraichean RA Unicef** a' toirt taic do sgoiltean gus còraichean daonna chloinn a dhaingneachadh anns a' ghnè agus a' chultar aca. Tha an duais a' toirt aithne do choileanadh ann a bhith a' cur gnàthachas na RA air còraichean an leanabhaig aig cridhe cleachdaidh na sgoile airson sunnd adhartachadh agus gach leanabh a chuideachadh gus a' chuid as fheàrr as urrainn dhaibh a dhèanamh.

Bidh an **inneal-comais brìgheil** a' toirt feartan sgoilearan ann an sgoil agus gam maidseadh le sgoilearan co-chosmhail air feadh na h-Alba. Tha seo a' cruthachadh sgoil bhrìgheil agus a' leigeil le comasan ciallach a dhèanamh eadar coileanadh ris am biodh dùil agus a tha dha-rìribh a' tachairt.

Pàipear-taice 4: Frèam-obrach slatan-tomhais deagh-ghnè

Dè na prìomh bhuilean a choilean sinn?	Dè cho math 's a tha sinn a' coinneachadh ri feumalachdan an luchd-dèiligidh againn?	Dè cho math 's a tha ar libhrigeadh de sheirbheisean do chloinn, dhaoine òga agus theaghlaichean	Dè cho math 's a tha an stiùireadh dèanadais againn?	Dè cho math 's a tha an ceannardas againn?
1. Prìomh bhuilean coileanaidh	2. Buaidh air clann, daoine òga is teaghlaichean	5. Libhrigeadh prìomh phròiseasan	6. Poileasaidh, leasachadh seirbheis agus dealbhadh	9. Ceannardas is stiùireadh
1.1 Ag adhartachadh sunnd na cloinne is dhaoine òga	2.1 Buaidh air clann is daoine òga 2.2 Buaidh air teaghlaichean	5.1 A' toirt seachad cuideachadh agus taic aig tràth ìre 5.2 A' measadh agus a' freagairt chunnartan is fheumalachdan 5.3 A' dealbhadh airson clann fa-leth 5.4 A' toirt a-steach clann, daoine òga is teaghlaichean	6.1 Poileasaidhean, ceumannan agus tomhasan laghail 6.2 A' dealbhadh agus ag adhartachadh sheirbheisean 6.3 Frithealadh chloinne, dhaoine òga, theaghlaichean agus luchd-dèiligidh eile 6.4 Coileanadh riaghladh agus dearbhadh-Càileachd	9.1 Seallaidhean, luachan agus amasan 9.2 Ceannardas air ro-innleachd agus stiùireadh 9.3 Ceannardas air daoine 9.4 Ceannardas air leasachadh agus atharrachadh
	3. Buaidh air luchd-obrach		7. Stiùireadh agus taic do luchd-obrach	
	3.1 Buaidh air luchd-obrach		7.1 Fastadh, stiùireadh-obrach agus co-obrachadh 7.2 Trèanadh luchd-obrach, leasachadh agus taic	
	4. Buaidh air a' choimhearsnachd		8. Compàirteachadh agus goireasan	
	4.1 Buaidh air a' choimhearsnachd		8.1 Stiùireadh ghoireasan 8.2 A' coimiseanadh rèiteachadh 8.3 A' faighinn adhartas tro fèin-mheasadh	
10. Dè an comas a th'againn airson adhartas? Breithneachadh cruinne stèidhichte air measadh de fhrèam-obrach chuimsean càileachd				



Gus tuilleadh fhaighinn a-mach mu ar sgrùdaidhean rachaibh gu www.careinspectorate.com.

Ma tha sibh airson beachd a thoirt air gin sam bith de na sgrùdaidhean againn, cuiribh fios thugainn aig enquiries@careinspectorate.com no dh'fhaodadh sibh sgrìobhadh an-toiseach gu Care Inspectorate, Compass House, 11 Riverside Drive, Dundee, DD1 4NY.

Tha am modh gearain againn ri fhaotainn bhon làrach-lìn againn www.careinspectorate.com no faodar sgrìobhadh chun a' Sgioba Ghearanan againn, aig an t-seòladh gu h-àird no fònadh gu 0345 600 9527.

Neach sam bith a tha fhathast mì-thoilichte leis na rinn sinn aig crìch ar modh gearain, faodar gearan a thogail ri Ombudsman Seirbheisean Poblach na h-Alba (SPSO). Tha an SPSO gu tur neo-eisimeileach le cumhachdan airson gearan mu roinnean agus bhuidhnean Riaghaltais a rannsachadh. Bu chòir dhut sgrìobhadh gu SPSO, Freepost EH641, Edinburgh EH3 0BR. Faodaidh sibh fòn a chur cuideachd gu 0800 377 7330 (facs 0800 377 7331) no post-dealain ask@sps.org.uk. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu oifis an Ombudsman bhon làrach-lìn aig www.sps.org.uk.